

APS. 1. 79. 65

LEABHAR AITHGHEARR

NAN CEIST

DUN EIDIN, ND.



LEABHAR AITHGHEARR

NAN

CEIST

A CHUIREADH A MACH LE COMHCHRUINNEACHADH NAN

DIADHAIR SAN IAR-MHINSTEIR:

LEIS AN D'AONTAICH

ARD-CHLEUR EAGLAIS NA H-ALBA;

Agus a shonruicheadh leo chum

A BHI 'NA SHEOLADH CEASNACHAIDH.

LE DEARBIADH O NA SGRIOBTUIRIBH,

AIR A THARRUING

CHUM GAELIC ALBANNAICH.

*Air iarrtus na Cuideachd Urramaich a tha chum Eolas
Criosduidh a sgaoileadh air feadh Gueltachd
agus Eileana na h-Alba.*

DUNEIDIN:

CLODH-BHUAILTE LE MURRAY & GIBB.



LEABHAR AITHGHEARR

NAN

CEIST,

LE DEARBHADH O NA SGRIOBTUIRIBH.

1 Ceist. *Ciod is crìoch àraidh do'n duine ?*

Freagradh. 'Si is crìoch àraidh do'n duine, Dia a ghlòrachadh,¹ agus amhealtuinn gu siorruidh.²

¹ 1 Cor. x. 31. Uime sin co aca dh'itheas no dh'òlas sibh, no ge b'e ni a ni sibh, deanaibh na huile nithe chum glòire Dhé.

² Salm lxxiii. 25. Co th'agam anns na nèamhaibh ach thusa, agus an coimeas riut cha'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh. *Rann* 26. Tha m'fheoil agus mo chridhe air fàilneachadh; ach is e Dia neart mo chridhe agus mo chuibhrionn gu siorruidh.

2 C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn gu ar seòladh chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn ?*

F. 'Se focal Dé, a ta air a chur sìos ann an sgrìobtuiribh an t-seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh,¹ an aon riaghailt gu ar seòladh chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn.²

¹ Eph. ii. 20. Agus tha sibh air bhur togail suas air bunait nan abstol agus nam fàidh, air bhi do Iosa Criosd féin 'na chloich-chinn na h-oisinn.

² Tim. iii. 16. Tha an sgrìobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fireantachd.

² 1 Eoin i. 3. An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur an céill duibhse, chum gu'm bi agaibh-sa mar an ceudna comunn ruinne; agus gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair agus r'a Mhac Iosa Criosd.

3 C. Ciod a tha na sgrìobtuire gu h-àraidh a' teagasg?

F. Tha na sgrìobtuire gu h-àraidh a' teagasg gach ni is còir do'n duine chreidsinn mu thimchioll Dé, agus an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine.¹

¹ ² Tim. i. 13. Cum gu daingean samhladh firinneach nam briathar fallain, a chuala tu uamsa, ann an creidimh agus ann an gràdh a ta ann an Iosa Criosd.

4 C. Ciod e Dia?

F. Tha Dia 'na Spiorad,¹ neo-chrìochnach,² bithbhuan,³ agus neo-chaochluidheach⁴ 'na bhith,⁵ 'na ghliocas,⁶ 'na chumhachd,⁷ 'na naomhachd,⁸ 'na cheartas, 'na mhaitheas, agus 'na fhìrinn.⁹

¹ Eoin iv. 24. Is Spiorad Dia, agus is éigin d'a luchd aoraidh, aoradh a dheanamh dha an Spiorad agus am firinn.

² Iob xi. 7. An urrainn thusa se rannsachadh Dia fhaghail a mach? an urrainn thu an t-Uile-chumhachdach fhaghail a mach gu h-ìomlan?

³ Salm xc. 2. O bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd is tusa Dia.

⁴ Seum. i. 17. Athair na soillse maille ris nach 'eil atharrachadh, no sgàile tionndaidh.

⁵ Ecsod. iii. 14. Agus thubhairt Dia ri Maois, IS MI AN TI A'S MI: Agus thubhairt e, Mar so their thu ri cloinn Israeil, Chuir IS MI mise d'ur n-ionnsuidh.

⁶ Salm cxlvii. 5. Is mòr ar Tighearn, agus is mòr a chumhachd, tha a thuigse gun tomhas.

⁷ Taisbean. iv. 8. Naomh, naomh, naomh, an Tighearn Dia uile-chumhachdach, a bha agus a ta, agus a bhitheas.

⁸ Taisbean xv. 4. Co air nach biodh eagal romhad, O Thighearn, agus nach tugadh glòir do t'ainm? oir is tusa mhàin a ta naomh.

⁹ Ecsod. xxxiv. 6. AN TIGHEARNA, AN TIGHEARNA DIA, iochdmhor agus gràs-mhor, fad-fhulangach agus pailt'ann an caoimhneas agus am firinn: R. 6. A' gleidheadh trècair do mhìtibh, a' maitheadh aingidheachd agus eusaontais, agus peacaidh, agus nach saor air aon dòigh an ciontach.

5 C *Am bheil tuilleadh Dé ann ach aon?*

F. Cha 'n'eil ann ach aon a mhàin,¹ an Dia beò agus fìor.²

¹ Deut. vi. 4. Eisd, O Israeil, an Tighearna ar Dia-ne is aon Tighearn e.

² Ierem. x. 10. Ach Iehobhah, is esan an Dia fìor, an Dia beò, agus an rìgh bith-bhuan.

6 C. *Cia lòn pearsa a ta san Diadhachd?*

F. Tha trì pearsaidh san Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh;¹ agus an triùir so is aon Dia iad, ionann ann an nàdur, coimeas ann an cumhachd agus ann an glòir.²

¹ Matt. xxviii. 19. Uime sin imichibh-sa, agus deanaibh deisciobuil do gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh.

² Eoin v. 7. Oir tha triuir a tha deanamh fianuis air nèamh, an t-Athair, am Focal agus an Spiorad Naomh, agus an triuir sin is aon iad.

7 C. *Ciod iad orduighean Dé?*

F. 'Siad orduighean Dé, a rùn sìorruidh a réir comhairle a thoile, leis an d'orduich e roimh làimh, chum a ghlòire féin, gach ni a thig gu crìch.¹

¹ Eph. i. 11. Air dhuinn bli air ar roimh-orduchadh a réir rùn an tì a ta 'g oibreachadh nan uile nithe réir comhairle a thoile féin: *Rann.* 12. Ionnus gu'm bitheamaid-ne chum cliù a ghlòir-san.

8 C. *Cionnus a tha Dia a' cur 'orduighean an gnìomh?*

F. Tha Dia a' cur 'orduighean an gnìomh ann an oibribh a' chruthachaidh agus an fhreasdail.¹

¹ Taisbean iv. 11. Chruthaich thu na h-uile nithe, agus air son do thoile-sa tha iad, agus chruthaichheadh iad.

Dan. iv. 35. Ni esan mar is àill leis ann am feachd nèimh, agus am measg luchd-àiteachaidh na talmhainn.

9 C. *Ciod i obair a' chruthachaidh?*

F. 'Si obair a' chruthachaidh, gu'n d'rinn Dia na h-uile nithe do neo-ni,¹ le focal a chumhachd,² ann an sè làithibh, agus iad uile ro-mhaith.³

¹ Gen. i. 1. San toiseach chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh.

² Eabh. xi. 3. Tre chreidimh tha sinn a' tuigsinn gu'n do chruthaich eadh na saoghail tre fhocal Dé, air chor as nach d'rinneadh na nithe a chith-eas do nithibh a bha r'am faicinn.

³ Gen. i. 31. Agus chunnaic Dia gach ni a rinn e, agus, feuch, bha e ro-mhaith. Agus b' iad am fcasgar agus a' mhaduinn an seathadh là.

10 C. *Cionnus a chruthaich Dia an duine?*

F. Chruthaich Dia an duine, fear agus bean, a réir iomhaigh féin,¹ ann an eòlas, fireantachd, agus naomhachd,² le uachdaranachd os ceann nan creutairean.³

¹ Gen. i. 27. Agus chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin, ann an dealbh Dhé chruthaich se e; firionnach agus boirionnach chruthaich e iad.

² Col. iii. 10. Agus gu'n do chuir sibh umaibh an duine nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an eòlas, a réir iomhaigh an ti a chruthaich e.

Eph. iv. 24. Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé am fireantachd agus am fìor naomhachd.

³ Gen. i. 28. Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riu, Siolaichibh, agus fàsaibh lion-mhor, agus lionaibh an talamh, agus ceannsaichibh e; agus biodh uachdranachd agaibh os ceann

èisg na mara, agus os ceann eunlaith nan speur, agus os ceann gach ni beò a ghluaiseas air an talamh.

11 C. *Ciod iad oibre freasdail Dé?*

F. 'Siad oibre freasdail Dé, e bhi coimhead agus a' riaghladh nan uile chreutairean, le'n uile ghnìomharaibh,¹ gu ro-naomh,² ro-ghlic,³ agus ro-chumhachdach.⁴

¹ Salm ciii. 19. Tha a rioghachd a' riaghladh os ceann nan uile.

Mat. x. 29. Nach 'eil dà ghealbhonn air an reiceadh air fheoirling? agus cha tuit a h-aon diubh air an talamh as eugmhaig freasdail bhur n-Athar-sa.

² Salm cxlv. 18. Tha'n Tighearna ceart 'na uile shlighibh, agus naomh 'na uile ghnìomharaibh.

³ Isa. xxviii. 29. Tha so fòs a' teachd o Iehobhah Dia nan sluagh, tha esan 'ga nochdadh féin iongantach ann an comhairle, òirdheirc ann an gnìomh.

⁴ Eabh. i. 3. A' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd.

12 C. *Ciod an gnìomh àraidh freasdail a rinn Dia a thaobh an duine, san staid anns an do chruthaicheadh e?*

F. 'Nuair a chruthaich Dia an duine, rinn e coimhcheangal beatha ris, ag iarraidh ùmhlachd iomlain air mar chumha;¹ agus a' toirmeasg dha itheadh do chraoibh eolais a' mhaith agus an uile fuidh phéin a' bhàis.²

¹ Gal. iii. 12. Agus cha'n 'eil an lagh o chreidimh, ach, an duine a ni iad, gheibh e beatha annta.

² Gen. ii. 17. Ach do chraoibh an eòlais a' mhaith agus an uilc, cha'n ith thu dhi sin ; oir anns an là dh'itheas tu dhith gu cinnteach bàsaichidh tu.

13 C. *An d'fhan ar ceud sinnseara san staid anns an do chruthaicheadh iad ?*

F. Air bhi d'ar ceud sinnsearaibh air am fàgail gu saorsa an toile féin, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an aghaidh Dhé.¹

¹ Searm. vii. 29. Rinn Dia an duine dìreach, ach dh'iarr iad féin iomadh innleachd a mach.

14 C. *Ciod e peacadh ?*

F. 'Se peacadh easbhuidh cumaidh ris an lagh, no briseadh lagha Dhé.¹

¹ 1 Eoin iii. 4. Ge b'e neach a ni peacadh, tha e mar an ceudna a' briseadh an lagha ; oir is e am peacadh briseadh an lagha.

15 C. *Ciod e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnseara o'n staid anns an do chruthaicheadh iad ?*

F. B'e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnseara o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu'n d'ith iad am meas toirmisgte.¹

¹ Gen. iii. 6. Agus chunnaic a' bhean gu'n robh a' chraobh maith a chum bìdh, agus gu'n robh i taitneach do 'n t-sùil, agus 'na craoibh r'a miannachadh a dheanamh neach glic ; agus ghabh i d'a

meas agus dh'ith i, agus thug i mar an ceudna d'a fear maille rithe, agus dh'ith e. *Rann 7.* Agus dh' fhosgladh an sùilean le chéile, agus dh'aithnich iad gu'n robh iad lomnochd. *Rann 8.* Agus dh'fholaich Adhamh agus a bhean iad féin o ghnùis an Tighearna Dé am measg chraobhan a' ghàraidh.

16 C. *An do thuit an cinne-daoine uile ann an ceud pheacadh Adhaimh?*

F. Air bhi do'n choimhcheangal air a dheanamh ri Adhamh, cha b'ann a mhàin air a shon féin, ach air son a shliochd;¹ an cinne-daoine uile, uime sin, a thàinig uaith, tre ghinealach-aibh gnàthaichte, pheacaich iad ann, agus thuit iad maille ris, 'na cheud chionta.²

¹ Gen. i. 28. Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riu, Siolaichibh, agus fàsaibh lionmhor, agus lionaibh an talamh.

Gen. ii. 16. Agus dh'àithn an Tighearna Dia do 'n duine, ag ràdh, do gach uile chraoibh sa' ghàraidh feudaidh tu itheadh gu saor. *Rann 17.* Ach do chraoibh an eòlais a' mhaith agus an uilc, cha'n ith thu dhi sin; oir anns an là dh' itheas tu dhith, gu cinnteach bàsaichidh tu.

² Rom. v. 18. Tre aon chionta thàinig breitheanas air na h-uile dhaoinibh chum dìtidh.

17 C. *Ciod an staid gus an d'thug an leagadh an cinne-daoine?*

F. Thug an leagadh an cinne-daoine gu staid peacaidh agus truaighe.¹

¹ Rom. v. 12. Mar thàinig peacadh a steach do 'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre'n pheacadh; mar sin mar an ceudna thàinig bàs air na h-uile dhaoineibh, do bhrìgh gu'n do pheacaich iad uile.

18 C. *Ciod e peacadh na staid sin gus an do thuit an duine?*

F. 'Se peacadh na staid sin gus an do thuit an duine, e bhi fuidh chionta ceud pheacaidh Adhaimh;¹ fuidh easbhuidh na ceud fhìreantachd,² agus fuidh thruaillidheachd a nàduir gu h-ìomlan,³ d'an goirear gu coitchionn am peacadh gin, maille ris gach peacadh gnìomh a ta sruthadh uaithe sin.⁴

¹ Rom. v. 19. Tre eas-umhlachd aoin duine rinn-eadh mòran 'nam peacaich.

² Rom. iii. 10. Cha'n 'eil ionracan ann, cha'n 'eil fiu a h-aon.

³ Eph. ii. 1. Bheothaich e sibhse a bha marbh ann an euceartaibh agus ann am peacaibh.

Salm li. 5. Feuch, ann an euceart dhealbhadh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi 'na broinn.

⁴ Mat. xv. 19. Oir is ann as a' chridhe thig droch smuainte, mortadh, adhaltranas, striopachas, gadachd, fianuis bhreige, toibheum. *Rann* 20. Is iad so na nithe a shalaicheas an duine.

19 C. *Ciod i truaigh na staid sin gus an do thuit an duine?*

F. Tre an leagadh chaill an cinne-daoine gu léir an co-chomunn ri Dia;¹

tha iad fuidh fheirg agus mhallachd Dhé;² agus mar sin air an deanamh buailteach do uile thruaighibh na beatha so, do'n bhàs féin, agus do phiantaibh ifrinn gu siorruidh.³

¹ Gen. iii. 8. Dh' fholaidh Adhamh agus a bhean iad féin o ghnùis an Tighearna Dé am measg chraobhan a' ghàraidh. *Rann 24.* Agus dh' fhòg-air e mach an duine.

² Eph. ii. 3. Agus bha sinn a thaobh nàduir 'nar cloinn feirge, eadhon mar chàch.

Gal. iii. 10. Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgrìobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

³ Rom. iv. 23. Is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs.

Mat. xxv. 41. An sin their e rìusan air an làimh chli, Imichibh uam, a shluagh malluichte, dh' ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh' ulluicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh.

20 C. *An d'fhàg Dia an cinne-daoine uile gu bhì cailte ann an staid peacaidh agus truaighe?*

F. Air taghadh do Dhia d'a ghean maiti féin, roimh thoiseach an t-saoghail, cuid do'n chinne-dhaoine chum na beatha maireannaich,¹ rinn e coimh-cheangal gràis, chum an saoradh o staid peacaidh agus truaighe, agus an toirt gu staid slàinte, tre Fhear-saoraidh.²

¹ Eph. i. 4. A réir mar a thagh e sinne annsan, mun do leagadh bunaite an domhain.

² Rom. iii. 21. Ach a nis tha fireantachd Dhé

air a foillseachadh as eugmhais an iagha, a fàot-
ainn fianuis o'n lagh agus o na fàidhibh. *Rann*
22. Eadhon fireantachd Dhé tre chreidimh Iosa
Criosd, do na h-uile, agus air na h-uile a chreideas.

21 C. *Cò is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?*

F. 'Se 's aon Fhear-saoraidh do pho-
bull taghta Dhé, an Tighearn Iosa
Criosd,¹ neach air bhi dha 'na Mhac
siorruidh do Dhia, a rinneadh 'na
dhuine,² agus mar sin bha agus mairidh
e 'na Dhia agus 'na dhuine, ann an dà
nàdur eadar-dhealaichte, ach 'na aon
phearsa³ gu siorruidh.⁴

¹ 1 Tim. ii. 5. Oir is aon Dia a ta ann, agus
aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an
duine Iosa Criosd.

² Eoin i. 14. Agus rinneadh am focal 'na fheadil,
agus ghabh e còmhnuidh 'nar measg-ne.

³ Rom. ix. 5. D'am buin na h-aithriche, agus o
'm bheil Criosd a thaobh na feòla, neach is e Dia
os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh.

⁴ Eabh. vii. 24. Ach an duine so, do bhrìgh gu
mair e gu siorruidh, tha sagartachd neo-chaoch-
luidheach aige.

22 C. *Air bhi do Chriosd 'na Mhac do Dhia,
cionnus a rinneadh e 'na dhuine?*

F. Rinneadh Criosd, Mac Dhé, 'na
dhuine, le corp fìor¹ agus anam reusanta
a ghabhail da féin,² air bhi dha, le cumh-
achd an Spioraid Naoimh, air a ghin-
cadh am broinn na h-Oighe Muire,

gus air a bhreith leatha, gidheadh as eugmhais peacaidh.⁴

¹ Eabh. ii. 14. Uime sin, a mheud gu bheil aig a' chloinn comhroinn do fheoil agus do fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin.

² Mat. xxvi. 38. An sin thubhairt e riu, a ta m'anam ro bhrònach, eadhon gu bàs.

³ Lucas i. 31. Feuch gabhaidh tu a' d' bhroinn, agus beiridh tu Mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air. *Rann 35.* Thig an Spiorad Naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Tì a's àirde sgàil ort.

⁴ Eabh vii. 26. Oir bha shamhuil sin do àrd-shagart iomchuidh duinne, a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich.

23 C. *Ciod iad na h-oifigean a ta Criosd a' cur an gnìomh mar ar Fear-saoraidh?*

F. Tha Criosd mar ar Fear-saoraidh a' cur an gnìomh oifigean Fàidh,¹ Sagairt,² agus Rìgh,³ araon ann an staid 'irioslachaidh agus 'àrdachaidh.

¹ Gnìomh. iii. 22. Gu fìrinneach thubhairt Maois ris na h-aithrichibh, Togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh dhuibh d'ur bràithribh, mar mise; ris-san éisdidh sibh anns na h-uile nithibh a labhras e ribh.

² Eabh. v. 6. Is sagart thu gu sìorruidh, a réir orduigh Mhelchisedeic.

³ Salm ii. 6. Gidheadh dh'ung mise mo Rìgh air Sion, mo shliabh naomh-sa.

24. C. *Cionnus a tha Criosd a' cur oifig Fàidh an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur oifig Fàidh an gnìomh, ann bhi foillseachadh dhuinne,¹ le 'fhocal² agus le a spiorad,³ toil Dhé chum ar slàinte.

¹ Eoin i. 18. Cha'n fhaca neach air bith Dia riamh; an t-aon-ghin Mic, a ta ann an uchd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e.

² Eoin xx. 31. Tha iad so sgrìobhta, chum gu'n creideadh sibh gur e Iosa an Criosd Mac Dhé, agus ag creidsinn duibh, gu'm biodh agaibh beatha tre ainm-san.

³ Eoin xiv. 26. An Comhfhurtair, an Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair uaith a'm' ainm-sa, teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe a labhair mise ribh.

25 C. *Cionnus a tha Criosd a' cur oifig Sagairt an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur oifig Sagairt an gnìomh le e féin a thoirt suas aon uair 'na ìobairt, a dhioladh ceartais Dhé,¹ agus gu ar deanamh-ne réidh ri Dia,² agus le gnàth-eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son.³

¹ Eabh. ix. 28. Thugadh Criosd suas aon uair a thoirt air falbh peacaidh mhòrain.

² Eabh. ii. 17. B' fheumail da anns na h-uile nithibh bhi air a dheanamh cosmhuil r'a bhràithribh; chum gu'm biodh e 'na àrd-shagart tràc-aireach agus dileas ann an nithibh a thaobh Dhé, chum réite a dheanamh air son pheacanna a ta t-sluaigh.

³ Eabh. vii. 25. Tha e mar an ceudna comasach

air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé 'trìdsan a thèarnadh gu h-iomlan, do bhrìgh gu bheil e beò gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son.

26 C. *Cionnus a tha Crìosd a' cur oifig Rìgh an gnìomh?*

F. Tha Crìosd a' cur oifig Rìgh an gnìomh le sinne a cheannsachadh dha féin,¹ le ar riaghladh agus ar dìonadh,² agus le cosgadh a chur, agus buaidh a thoirt, air na h-uile is naimhde dhasan agus dhuinne.³

¹ Salm cx. 3. Bithidh do shluagh ro thoilleach ann an là do chumhachd.

² Isa. xxxiii. 22. Is e Iehobhah ar breitheamh; is e Iehobhah ar fear-reachd, is e Iehobhah ar rìgh; ni e ar tèarnadh.

³ 1 Cor. xv. 25. Oir is éigin gu'n rioghaich e, agus an cuir e a naimhdean uile fo a chosaibh.

27 C. *Cionnus a bha Crìosd air irioslachadh?*

F. Bha Crìosd air irioslachadh, le bhi air a bhreith, agus sin ann an staid iosal;¹ air a dheanamh fuidh'n lagh;² dol fuidh thruaighibh na beatha so,³ fuidh fheirg Dhé,⁴ agus fuidh bhàs malluichte a' chroinn-cheusaidh;⁵ le bhi air adhlacadh, agus fantuinn fuidh chumhachd a' bhàis rè seal.⁶

¹ Lucas ii. 7. Agus rug i a ceud-ghin mic, agus phaisg i e am brat-speilidh, agus chuir i 'na luidhe am prasaich e.

² Gal. iv. 4. Chuir Dia a Mhac féin uaith, a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh 'n lagh.

³ Isa. liii. 3. Air a dhìmeas, agus air a chur air chùl le daoinibh; 'na dhuine dhoilghiosan, agus eòlach air bròn.

⁴ Mat. xxvii. 46. Agus mu thimchioll na naothadh uaire dh' éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh, Eli, Eli, lama sabachtani? 'se sin r'a ràdh, Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mi?

⁵ Philip. ii. 8. Dh' irioslaich se e féin, agus bha e umhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh.

⁶ Mat. xii. 40. Mar a bha Ionas am broinn na muice-mara, tri làithean agus tri oidhchean; is ann mar sin a bhitheas Mac an duine ann an cridhe na talmhainn tri làithean agus tri oidhchean.

28 C. *Cionnus a tha Criosd air àrdachadh?*

F. Tha Criosd air àrdachadh, 'na aiseirigh o na marbhaibh air an treas là; 'na dhol suas gu nèamh,¹ 'na shuidhe air deas-làimh Dhé an Athar;² agus 'na theachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireannach.³

¹ 1 Cor. xv. 4. Agus gu'n d' adhlaiceadh e, agus gu'n d' éirich e ris air an treas là a réir nan sgrìobtuir.

² Marc. xvi. 19. Mar sin an déigh do'n Tighear-na labhairt riu, ghabhadh suas gu nèamh e, agus shuidh e air deas làimh Dhé.

³ Gniomhara xvii. 31. Shuidhich e là anns an toir e breith air an t-saoghal am fireantachd, tre'n duine sin a dh' orduich e; agus air so thug e dearbhadh do na h-uile dhaoinibh, le esan a thogail suas o na marbhaibh.

29 C. *Cionnus a tha sinn air ar deanamh 'nar luchd-compairt do'n t-saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha sinn air ar deanamh 'nar luchd-compairt do'n t-saorsa a choisinn Criosd, le i bhi air a cur ruinne gu h-èifeachdach¹ le a Spiorad Naomh-san.²

¹ Eoin i. 12. A mheud 's a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia.

² Titus iii. 5. Cha'n ann o oibribh fireantachd, a rinn sinne, ach a réir a thròcair shaor e sinn tre ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naoimh. *Rann 6.* A dhòirt e oirne gu saobhir tre Iosa Criosd ar Slànuighir.

30 C. *Cionnus a tha 'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha 'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criosd, le creidimh oibreachadh annainn,¹ agus le sin g'ar dlùth-cheangal ri Criosd ann ar gairm èifeachdach.²

¹ Eph. ii. 8. Is ann le gràs a ta sibh air bhur tèarnadh, tre chreidimh, agus cha'n ann uaibh féin, is e tiodhlac Dhé e.

² Eph. iii. 17. Ionnis gu'n gabh Criosd còmh-nuidh ann bhur cridhe tre chreidimh.

1 Cor. 1. 9. Tha Dia frinneach, leis an do ghairmeadh sibh chum comh-chomuinn a mhic Iosa Criosd ar Tighearna.

31 C. *Ciod i a' ghairm èifeachdach?*

F. 'Si a' ghairm èifeachdach, obair Spiorad Dé,¹ leis am bheil e dearbhadh

oirne ar peacanna agus ar truaighe;² a' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Crìosd;³ ag ath-nuadhachadh ar toile;⁴ agus an lorg sin g'ar deanamh deònach agus comasach air Iosa Crìosd a dhlùth-ghabhail thugainn, mar a ta e air a thairgseadh dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.⁵

¹ 2 Tim. i. 9. A shaor sinne, agus a ghairm sinn le gairm naomh.

² Gnìomhara ii. 37. A nis an uair a chual iad so, bha iad air am bioradh 'nan cridhe, agus thubhairt iad ri Peadar, agus ris a' chuid eile do na h-abstolaibh, Fheara agus a bhràithre, ciod a ni sinn?

³ Gnìomhara xxvi. 18. A dh'fhosgladh an sùl, chum gu tionndadh iad o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain gu Dia.

⁴ Eseciel xxxvi. 26. Buinidh mi air falbh an cridhe clachaidh as bhur feòil, agus bheir mi dhuibh cridhe feòla.

⁵ Eoin vi. 44. Cha'n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa, mur tarring an t-Athair a chuir uaith mise e: *Rann* 45. Gach neach a chuala, agus a dh'fhoghlaim o'n Athair thig e a m'ionnsuidh-sa.

32 C. *Ciod na sochairean a tha iadsan a ta air an gairm gu h-èifeachdòch a' faghail anns a' bheatha so?*

F. Tha iadsan a ta air an gairm gu h-èifeachdach a' faghail anns a' bheatha so, fireanachaidh,¹ uchd-mhacachd,² agus naomhachaidh; maille ris gach sochair

eile, a ta anns a bheatha so 'nan cuid-eachd-san, no sruthadh uatha.³

¹ Rom. viii. 30. Agus an dream a roimh-òrduich e, ghairm e iad mar ceudna; agus an dream a ghairm e, dh'fhìreanaich e mar an ceudna; agus an dream a dh'fhìreanaich e, ghlòraich e mar an ceudna.

² Eph. i. 5. A roimh-òrduich sinne chum uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa Crìosd dha féin.

³ 1 Cor. 1. 30. Ach uaithe-san a ta sibhse ann an Iosa Crìosd, neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, 'na fhìreantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa.

33 C. *Cìod e fireanachadh?*

F. Is e fireanachadh gnìomh saor ghràis Dhé, anns am bheil e 'maith-eadh dhuinn ar n-uile pheacanna,¹ agus a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'na fhianuis;² agus sin a mhàin air sgàth fhìreantachd Chrìosd air a meas dhuinn,³ agus air a gabhail thugainn le creidimh a mhàin.⁴

¹ Eph. i. 7. Anns am bheil againne saorsa tre 'fhuil-san, maitheanas nam peacadh, a réir saobh-reis a ghràis.

² 2 Cor. v. 21. Oir rinn se esan do nach b'aithne peacach, 'na ìobairt-pheacaidh air ar soin-ne; chum gu bitheamaid air ar deanamh 'nar fhìreantachd Dhé annsan.

³ Rom. v. 19. Oir mar tre eas-umhlachd aoin duine a rinneadh mòran 'nam peacaich, is amhuil

sin tre ùmhlachd aoin duine a nithear mòran 'nam fireanaibh.

⁴ Gal. ii. 16. Air dhuinn fios a bhi againn nach 'eil duine air fhìreanachadh o oibribh an lagha, ach tre chreidimh Iosa Criosd, chreid sinne féin ann an Iosa Criosd; chum gu'm bitheamaid air ar fhìreanachadh o chreidimh Chriosd.

34 C. *Ciod e uchd-mhacachd?*

F. Is e uchd-mhacachd, gnìomh saor ghràis Dhé,¹ leis am bheil sinn air ar gabhail a steach an àireamh cloinne Dhé; agus faghail còir air gach soch-air a bhuineas doibh.²

¹ 1 Eoin iii. 1. Feuchaibh, ciod a' ghnè gràidh a thug an t-Athair dhuinne, gu'n goirteadh clann Dé dhinn.

² Eoin i. 12. A mheud 'sa ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsan a ta creidsinn 'na ainm.

Rom. viii. 17. Agus ma's clann, is oighreachan, oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd.

35 C. *Ciod e naomhachadh?*

F. Is e naomhachadh, obair saor ghràis Dhé,¹ leis am bheil sinn air ar n-ath-nuadhachadh san duine gu h-iomlan, a réir ìomhaigh Dhé,² agus air ar deanamh comasach ni's mò agus ni's mò gu bàsachadh do'n pheacadh, agus teachd beò do fhìreantachd.³

¹ 1 Tessel. ii. 13. Thagh Dia sibh o thùs chum slàinte, tre naomhachadh an Spioraid.

² Eph. iv. 24. Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé am fìreantachd agus am fìor naomhachd.

³ Rom. viii. 1. Air an aobhar sin cha'n 'eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Criosd, a tha gluasad cha'n ann a réir na feòla ach a réir an spioraid.

36 C. *Cìod na sochairean a ta sa' bheatha so an cuideachd, no sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd, agus naomhachadh?*

F. 'Siad na sochairean a ta sa' bheatha so an cuideachd no sruthadh o fhìreanachadh, uchd-mhacachd, agus naomhachadh, dearbh-bheachd air gràdh Dhé, sìth coguis, aoibhneas anns an Spiorad Naomh,¹ fàs ann an gràs,² agus buanachadh ann gus a' chrìch³

¹ Rom. v. 1. Uime sin air dhuinne bhì air ar fìreanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia, tre an Tighearn Iosa Criosd. *Rann 2.* Tre'm bheil againn mar an ceudna slighe tre chreidimh, chum a' ghràis so anns am bheil sinn 'nar scasamh, agus a ta sinn a' dcanamh gairdeachais an dòchas glòir Dhé. *Rann 5.* Agus cha'nàraich an dòchas, do bhrìgh gu bheil gràdh Dhé air a dhortadh a mach ann ar cridheachaibh tre'n Spiorad naomh a thugadh dhuinne.

² Gnàth-fhocail iv. 18. Tha slighe nam fìrean mar an solus dealrach, a dhealraicheas ni's mò agus ni's mò gu ruig an latha iomlan.

³ 1 Eoin v. 13. Na nithe so sgrìobh mi d'ur n-

ionnsuidh a tha creidsinn ann an ainm Mic Dhé; chum gu'm bi fios agaibh gu bheil a 'bheatha mhaireannach agaibh.

37 C. *Ciod na sochairean a tha na creidmhich a' faghail o Chrìosd aig a' bhàs?*

F. Aig a' bhàs tha anama nan creidmheach air an deanamh foirfe ann an naomhachd,¹ agus air ball a' dol chum glòire;² agus a ta 'n cuirp, air dhoibh bhi sìor-cheangailte ri Chrìosd,³ a' gabhail fois 'nan uaighibh⁴ gus an aiseirigh.⁵

¹ Eabh. xii. 23. Agus gu spioradaibh nam fìrein air an deanamh foirfe.

² Phil. i. 23. Air dhomh bhi togarrach air siubhal, agus bhi maille ri Chrìosd.

³ 1 Tesal. iv. 14. An dream a choidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris.

⁴ Isaiah lvii. 2. Siubhlaidh e ann an sìth, gabhaidh e fois 'na leabaidh, eadhon an duine foirfe, esan a ta 'g imeachd 'na ionracas.

⁵ Iob xix. 26. Agus an déigh dhoibh so mo chroicionn a chnàmh, gidheadh ann am f'heoil gu 'm faic mi Dia.

38 C. *Ciod na sochairean a tha na creidmhich a' faghail o Chrìosd aig an aiseirigh?*

F. Aig an aiseirigh, air bhi do na creidmhich air an togail suas ann an glòir,¹ bithidh iad air an aideachadh gu follaiseach, agus air an làn-shaoradh aig là a' bhreitheanais,² agus air an deanamh uile-bheannaichte ann an Dhia a làn-mhealtuinn³ gu sìorruidh.⁴

¹ 1 Cor. xv. 43. Cuirear e ann an eus-urram, togar ann an glòir e.

* Mat. x. 32. Ge b'è dh' aidicheas mise am fianuis dhaoine aidichidh mise esan mar an ceudna am fianuis m' Athar a ta air nèamh.

³ 1 Eoin iii. 2. 'Nuair a dh' fhoillsichear esan, bithidh sinn cosmhuil ris ; oir chi sinn e mar a ta e.

⁴ 1 Tesal. iv. 17. Agus mar sin bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearn.

39 C. *Ciod an dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine ?*

F. 'Se 'n dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine, umhlachd d'a thoil a ta air a foilleachadh.¹

¹ Micah vi. 8. Dh'fheuch e dhuit, O dhuine, ciod a tha maith, agus ciod a tha Iehobhah 'g iarruidh ort, ach ceartas a dheanamh, tràcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dhia.

40 C. *Ciod an riaghailt umhlachd a thug Dia do'n duine air tùs ?*

F. 'Se 'n riaghailt umhlachd a thug Dia do'n duine air tùs, lagh nam modhanna.¹

¹ Rom. ii. 14. Oir an uair a ta na Cinnich aig nach 'eil lagh, a thaobh nàduir, a' deanamh nan nithe a ta san lagh, air dhoibhsan a bhi gun lagh tha iad 'nan lagh dhoibh féin. *Rann* 15. Muinntir a ta nochdadh obair an lagha sgrìobhta 'nan cridheachaibh.

41 C. *C'àit am bheil lagh nam modhanna gu h-aithghearr air a chur sìos ?*

F. Tha lagh nam modhanna gu h-

aithghearr air a chur sìos, anns na deich àitheantaibh.¹

¹ Deut. x. 4. Agus sgrìobh e air na clàir, a réir a' cheud sgrìobhaidh, na deich àitheantan.

Mata xix. 17. Ma's àill leat dol a steach chum na beatha, coimhid na h-àitheanta.

42 C. *Ciod is suim do na deich àitheantaibh ?*

F. 'Se is suim do na deich àitheantaibh, " An Tighearn ar Dia a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe, le'r n-uile anam, le'r n-uile neart, le'r n-uile inntinn ; agus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinn féin."¹

¹ Matt. xxii. 37. Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uil' inntinn : *Rann* 38. 'Si sò a' cheud àithne agus an àithne mhòr. *Rann* 39. Agus is cosmhuil an dara rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin. *R.* 40. Air an dà àithne so tha'n lagh uile, agus na fàidhean an crochadh.

43 C. *Ciod e roimh-ràdh nan deich àitheantan ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan air a chur sìos anns na briathraibh so, " Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tigh na daorsa."¹

¹ Ecsod. xx. 2.

44 C. *Ciod a tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àith-

eantan a' teagasg dhuinn, a chionn gur e Dia is Tighearn ann, agus gur e ar Dia-ne agus ar Fear-saoruidh e, uime sin gu bheil e mar fhiachaibh oirne, uil' àitheantan a choimhead.

¹ Deut. xi. 1. Gràdhaichidh tu 'n Tighearna do Dhia, agus gleidhidh tu a churam, agus a reachdan, agus a bhreitheanais, agus 'àitheantan a ghnàth.

Lucas i. 74 Air bhi dhuinn air ar saoradh o làimh ar naimhde gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail. *Rann 75.* Ann an naomhachd agus ann am fireantachd 'na làthair féin uile làithean ar beatha.

45 C. *Ciod i a' cheud àithne ?*

F. 'Si a' cheud àithne, “Na biodh Dé sam bith eile agad a'm' fhianuisse.”

46 C. *Ciod a tha a' cheud àithne ag iarraidh ?*

F. Tha a' cheud àithne ag iarraidh oirne, Dia aithneachadh¹ agus aideachadh mar an t-aon Dia fìor, agus ar Dia-ne;² agus aoradh is glòir a thoirt da a réir sin.³

¹ Eachdraidh xxviii. 9. Agus thusa a Sholamh a mhic, biodh aithne agad air Dia t' Athar.

² Deut. xxvi. 17. Rinn thu roghainn an diugh do'n Tighearna gu bhi 'na Dhia dhuit, agus gu gluasad 'na shlighibh, agus gu 'reachdan a ghleiddheadh, agus 'àitheanta, agus a bhreitheanais, agus gu éisdeachd r'a ghuth.

³ Mata iv. 10. Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

47 C. *Ciod a tha a' cheud àithne a' toirmeasg?*

F. Tha a' cheud àithne a' toirmeasg an Dia fìor àicheadh,¹ no an t-aoradh agus a' ghlòir a bhuineas a mhàin dhasan mar Dhia² agus mar ar Dia-ne,³ a chumail uaithe, no a thoirt do neach air bith eile.⁴

¹ Salm xiv. 1. Thubhairt an t-amadan 'na chridhe, Cha'n 'eil Dia ann.

² Rom. i. 20. Chum gu biodh iad gun leithsgeul aca. *Rann* 21. Do bhrìgh 'nuair a b'aithne dhoibh Dia, nach d'thug iad glòir dha mar Dhia.

³ Salm lxxxi. 11. Gidheadh cha d'éisd mo shluagh ri m' ghuth, agus cha do ghabh Israel rium.

⁴ Rom. i. 25. Muinntir a chaochail fìrinn Dé gu bréig, agus a thug aoradh agus a rinn seirbhis do'n chreutair ni's mò na do'u Chruithear, a ta beannaichte gu siorruidh.

48 C. *Ciod a tha na briathran so sa' cheud àithne "a'm' fhianuis" gu h-àraidh a' teagasg dhuinn?*

F. Tha na briathran so sa' cheud àithne ["a'm' fhianuis,"] a' teagasg dhuinn, gu bheil Dia d'an léir na h-uile nithe, a' toirt aire do'n pheacadh so, eadhon dia sam bith eile bhi againn, agus gu bheil e ro-dhiombach air a shon.¹

¹ Salm xliv. 20. Ma dh'ìchuimhnich sinne ainm ar Dé, no ma shìn sinn ar làmhha gu Dia coimheach, *Rann* 21. Nach rannsuich Dia so a mach?

49 C. *Ciod i an dara àithne?*

F. 'Si an dara àithne, "Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ní a ta sna nèamhaibh shuas, no air an talamh shios, no sna h-uisgeachaibh a ta fuidh 'n talamh. Na crom thu féin sios doibh, agus na dean seirbhis doibh; oir mise an Tigh-earna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithriche air a' chloinn, air an treas agus a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi, agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi agus a choimhideas m' àitheantan."

50 C. *Ciod a tha 'n dara àithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n dara àithne ag iarraidh oirne, gach uile ghnè aoraidh agus orduigh dhiadhaidh, a dh' orduich Dia 'na fhocal,¹ a ghabhail thugainn, a choimhead, agus a ghleidheadh gu glan iomlan.²

¹ Deut. xxxii. 46. Sochraichibh bhur cridhe air na focail uile air am bheil mise a' toirt fianuis 'nur measg air an là'n diugh, a dh'àithneas sibh d'ur cloinn a choimhead, a chum gu'n dean iad uile bhriathran an lagha so.

Mata xxviii. 20. A' teagasg dhoibh gach uile nithe a dh'àithn mise dhuibh a choimhead.

² Deut. xii. 32. Gach ní a tha mise ag àithneadh

dhuibh, thugaibh an aire gu'n dean sibh e ; cha chuir thu ris, ni mò bheir thu ni sam bith uaith.

51 C. *Ciod a tha 'n dara àithne a' toirmeasg ?*

F. Tha'n dara àithne a' toirmeasg aoradh a thoirt do Dhia tre ìomhaighibh,¹ no air mhodh sam bith eile nach 'eil orduichte 'na fhocal.²

¹ Deut. iv. 15. Thugaibh uime sin an aire mhaith dhuibh féin (oir cha'n fhaca sibh gnè coslais sam bith anns an là air an do labhair an Tighearna ribh ann an Horeb.) *Rann* 16. Air eagal gu'n truail sibh sibh féin, agus gu'n dean sibh dhuibh féin dealbh snaidhte.

² Colos. ii. 18. Na mealladh aon neach bhur duais uaibh, le irioslachd thoileil, agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh a steach gu dàna chum nan nithe nach fac e, gu dìomhain air a shéideadh suas le 'inntinn fheolmhoir féin.

52 C. *Ciod na reusana a tha ceangailte ris an dara àithne ?*

F. 'Siad na reusana a tha ceangailte ris an dara àithne, àrd-uachdaranachd Dhé os ar ceann ;¹ a sheilbh-chòir ann-ainn ;² agus 'eud air son aoraidh féin.³

¹ Salm xcv. 2. Thigeamaid 'na fhianuis le buidheachas, agus le Salmaibh togamaid ceòl dha gu suilbhireach. *Rann* 3. Oir is Dia mòr an Tighearn, agus is Rìgh mòr e os ceann nan uile Dhé.

² Salm xlv. 11. Is esan do Thighearn, thoir-sa urram dha.

³ Ecsod. xxxiv. 14. Oir cha dean thu aoradh do

dhia sam bith eile ; oir an Tighearna, d'an ainm Eudmhor, is Dia eudmhor e.

53 C. *Ciod i an treas àithne ?*

F. 'Si an treas àithne, “ Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé an diomhanas ; oir cha mheas an Tighearn neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas.”

54 C. *Ciod a tha 'n treas àithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n treas àithne ag iarruidh, gnàthachadh naomh agus urramach a dheanamh air ainmibh,¹ buaidhibh,² òrduighibh,³ briathraibh⁴ agus oibribh Dhé.⁵

¹ Salm xxix. 2. Thugaibh do'n Tighearn a' ghlòir a's cubhaidh d'a ainm.

² Taisbean xv. 2. Is mòr agus is iongantach t' oibre, a Thighearna Dhé uile-chumhachdaich, is ceart agus is fìor do shlighean-sa, a Rìgh nan naomh. *Rann* 4. Co air nach biodh eagal romhad, O Thighearn, agus nach d' thugadh glòir do t'ainm ?

³ Ecclesiastes v. 1. Coimhid do chos an uair a théid thu do thigh Dhé, agus bi ni's deise gu cluinntinn na gu ìobairt nan amadan a thabhairt.

⁴ Salm cxxxviii. 2. Sleuchdaidh mi aig do theampull naomh, agus molaidh mi t' ainm air son do chaoimhneis-gràidh, agus air son t'fhìrinn : oir dh'àrdaich thu t' fhocal os ceann t'ainme uile.

⁵ Job xxxvi. 24. Cuimhnich gu'n àrdaich thu 'obair-san, a chi daoine.

55 C. *Ciod a tha 'n treas àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n treas àithne a' toirmeasg mi-naomhachadh no mi-ghnàthachadh a dheanamh do ni sam bith leis am bheil Dia 'ga fhoillseachadh féin.¹

¹ Mal. ii. 2. Mur éisd sibh, agus mur cuir sibh an suim i, chum glòir a thoirt do m'ainm-sa, tha Iehobhah Dia nan sluagh ag ràdh, cuiridh mise eadhon mise mallachd oirbh.

56 C. *Ciod an reusan a tha ceangailte ris an treas àithne?*

F. 'Se 'n reusan a tha ceangailte ris an treas àithne, ged fheud luchd-brisidh na h-àithne so dol as gun dioghaltas o dhaoinibh, gidheadh nach fuiling an Tighearn ar Dia dhoibh dol as o 'cheart bhreitheanas féin.¹

¹ Deut. xxviii. 58. Mur toir thu an aire uile bhriathran an lagha so a dheanamh a tha sgrìobhta san leabhar so, a chum gu'm bi eagal an ainm ghlòrmhoir agus uamhasaich so ort, AN TIGHEARNA DÒ DHIA: *Rann* 59. An sin ni an Tighearna do phlàighean iongantach.

57 C. *Ciod i an ceathramh àithne?*

F. 'Si an ceathramh àithne, "Cuimh-nich là na Sàbaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu agus ni thu t'obair uile; ach air an t-seachdamh là tha Sàbaid an Tighearna do Dhé; air an là sin na dean obair sam bith:

thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhanoglach, no t' ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh do d' gheataibh; oir ann an sè làithibh rinn an Tighearn na nèamha agus an talamh, an fhairge agus gach ni a ta annta; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là: air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na Sàbaid agus naomhaich se e."

58 C. *Ciod a tha 'n ceathramh àithne ag iarruidh?*

F. Tha'n ceathramh àithne ag iarruidh coimhead naomh a dheanamh do Dhia air na h-amannaibh suidhichte a dh'orduich e 'na fhocal; gu h-àraidh aon là iomlan anns na seachd làithibh, gu bhi 'na shàbaid naomh dha féin.¹

¹ Lebhiticus xix. 30. Gleidhidh sibh mo shàbaidean; agus bheir sibh urram do m' ionad naomh; Is mise an Tighearna.

Deut. v. 12. Thoir an aire là na Sàbaid a naomhachadh, mar a dh' àithn an Tighearna do Dhia dhuit.

59 C. *Ciod an là do na seachd làithibh a dh'orduich Dia gu bhi 'na shàbaid anns gach seachdain?*

F. O thoiseach an t-saoghail a nuas gu aiseirigh Chrìosd, dh'orduich Dia an seachdamh là gu bhi 'na shàbaid¹ anns gach seachdain; agus a riamh o sin, a'

cheud là do'n t-seachduin, a dh'fhan-
tuinn gu deireadh an t-saoghail; 'si sin
sàbaid nan Criosduidhean.²

¹ Gen. ii. 3. Agus bheannaich Dia an seachd-
amh là, agus naomhaich se e; do bhrìgh gur ann
air a ghabh e fois o obair uile, a chruthaich Dia
agus a rinn e.

² Gnìomh. xx. 7. Agus an ceud là do'n t-seach-
duin, air do na deiscioblubh cruinneachadh an
ceann a chèile a bhriseadh arain, shearmonaich
Pòl doibh.

Taisbean i. 10. Bha mi san Spiorad air là an
Tighearn.

60 C. *Cionnus is còir an t-sàbaid a naomhach-
adh?*

F. Is còir an t-sàbaid a naomhachadh,
le fois naomh a ghabhail ri fad an là
sin uile, eadhon o na gnothuichibh
saoghalta, o'n aighear agus o'n t-sùgradh
a tha ceaduichte air làithibh eile,¹ agus
an ùin sin uile a bhuileachadh ann an
oibrìbh cràbhaidh, gu diomhair agus gu
follaiseach;² saor o mheud is a ta feu-
mail a chaitheamh ann an oibrìbh na
h-éigin agus na tròcair.³

¹ Lebhiticus xxiii. 3. Sè làithean nìthear obair,
ach san t-seachdamh là bithidh sàbaid fois, co-
ghairm naomh; obair sam bith cha dean sibh air.

² Salm xcii. 1. Salm no laoidh air son latha na
sàbaid. Is maith an nì buidheachas a thabhairt
do'n Tighearn, agus cliu a thabhairt do t-ainm-
sa, O Thi a's àirde: *Rann* 2. Do chaoimhneas

gràidh a chur an céill anns a' mhaduinn, agus t' fhìrinn gach oidhche.

³ Mata xii. 11. Cia agaibhs' an duine, aig am bi aon chaora, agus ma thuiteas i ann an slochd air là na sàbaid, nach beir e oire, agus nach tog e nios i? *Rann* 12. Nach mòr ma ta is fearr duine na caora? Uime sin a ta e ceaduichte maith a dheanamh air làithibh na Sàbaid.

61 C. *Ciod a tha'n ceathramh àithne u' toirmeasg?*

F. Tha'n ceathramh àithne a' toirmeasg, dearmad a dheanamh air na dleasdanasaidh a dh' àithneadh dhuinn, no an coimhlionadh gu mi-churamach;¹ an t-sàbaid amhi-naomhachadh le diomhanas, no le ni sam bith a dheanamh a tha cronail ann féin;² no le smuaintibh, briathraibh, no gnìomharaibh neo-fheumail mu thimchioll ar gnothuiche saoghalta, no le aighear agus sùgradh.³

¹ Mal. i. 13. Thubhairt sibh fòs, Cia mòr an sgìos e? agus shéid sibh uaibh, arsa Iehobhah Dia nan sluagh! agus thug sibh a m' ionnsuidh an ni bha reubta, agus bacach, agus tinn; mar so thug sibh tabhartas: an gabh mise o'r làimh e, arsa Iehobhah Dia nan sluagh?

² Esec. xxiii. 38. Thruaill iad m' ionad naomh air an là sin féin, agus mhi-naomhaich iad mo shàbaidean.

³ Isa. lviii. 13. Ma chumas tu air a h-ais do chos o'n t-sàbaid; o d' thoil féin a dheanamh air mo là naomh-sa; agus gu'n abair thu ris an t-

sàbaid, Toil-inntinn, agus ri féill naomh Iehobhah, Urramach : agus gu tòir thu urram dhi, le fuireach air d'ais o d' gnothuch ; o leantuinn do shòlais, agus o labhairt bhriathra diomhain.

62 C. *Ciod na reusana a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne ?*

F. 'Siad na reusana tha ceangailte ris a' cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinn sè làithe do'n t-seachduin air son ar gnothuichean féin ;¹ gu bheil e ag agradh còir àraidh dha féin air an t-seachdamh là ;² gu'n d' thug e féin eisempleir seachad ;³ agus gu'n do bheannaich e là na sàbaid.⁴

¹ Ecsod. xxxi. 15. Sè làithean feudar obair a dheanamh, ach san t-seachdamh ta Sàbaid fhois, naomh do'n Tighearna. *Rann* 16. Uime sin coimhididh clann Israeil an t-Sàbaid.

² Lebhith. xxiii. 3. Obair sam bith cha dean sibh air : is e sàbaid an Tighearn e 'nur n-àitibh còmh-nuidh uile.

³ Ecsod. xxxi. 17. Eadar mise agus clann Israeil is comhar' i a chaoidh ; oir ann an Sè làithibh rinn an Tighearn na nèamhan agus an talamh, agus air an t-seachdamh là sguir e, agus ghabh e fois.

⁴ Gen. ii. 3. Agus bheannaich Dia an seachdamh là, agus naomhaich se e.

63 C. *Ciod i an cùigeamh àithne ?*

F. 'Si an cùigeamh àithne, " Tabhair urram do t'athair agus do d' mhàthair, a

chum gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit."

64 C. *Ciod a tha 'n cùigeamh àithne ag iarraidh?*

F. Tha'n cùigeamh àithne ag iarraidh, an t-urram a choimhead agus an dleasdanas a choimhlionadh, a bhuineas do gach neach, an lorg gach inbhe agus dàimh fa leth sam bheil iad; ma's ann an inbhe àrd,¹ no iosal,² no an coimeas inbhe.³

¹ Eph. v. 21. Air dhuibh bhi ùmhal d'a chéile ann an eagal Dé. *Rann* 22. A ml'nai bithibh ùmhal d'ur fearaibh féin, mar do'n Tighearn.

² Eph. vi. 1—5. A chlann, bithibh ùmhal d'ur pàrantaibh féin san Tighearn. A sheirbhiseacha, bithibh ùmhal d'ur maighstiribh a réir na feòla.

Rom. xiii. 1. Biodh gach anam ùmhal do na h-àrd chumbachdaibh.

³ Eph. vi. 9. Agus a mhaighstirean, deanaibhse na nithe ceudna dhoibhsan, air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil bhur maighstir féin air nèamh mar an ceudna.

Rom. xii. 10. Bithibh teo-chridheach d'a chéile le gràdh bràthaireil, ann an urram a' toirt toisich gach aon d'a chéile.

65 C. *Ciod a tha 'n cùigeamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha'n cùigeamh àithne a' toirmeasg, ni sam bith a dheanamh an aghaidh an urrainn, agus an dleasdanas a bhuineas do gach neach, an lorg na

inbhe agus an dàimh fa leth sam bheil iad d'a chéile.¹

¹ Rom. xiii. 7. Air an aobhar sin thugaibh do gach neach an dlighe féin; cain dhasan d'an dlighear cain, cìs dhasan d'an dlighear cìs, eagal dhasan d'an dlighear eagal, agus urram dhasan d'an dlighear urram. *Rann* 8. Na biodh fiacha sam bith aig aon neach oirbh, ach a mhàin a chéile ghràdhachadh.

66 C. *Ciod an reusan a tha ceangailte ris a' chùigeamh àithne?*

F. 'Se an reusan a tha ceangailte ris a' chùigeamh àithne, gealladh air saoghal fada, agus sonas do uile luchd coimhid na h-àithne so, a réir mar blitheas sin chum glòir Dhé agus am maith féin.¹

¹ Eph. vi. 2. Thoir urram do t'athair agus do d'mhàthair, (is i so a' cheud àithne le gealladh.) *Rann* 3. Chum gu'n éirich gu maith dhuit, agus gu'm bi thu fad-shaoghalach air an talamh.

67 C. *Ciod i an seathamh àithne?*

F. 'Si an seathamh àithne, "Na dean mortadh."

68 C. *Ciod a tha an seathamh àithne ag iarraidh?*

F. Tha an seathamh àithne ag iarraidh gach uile dhùchioll laghail a dheanamh, chum ar beatha féin¹ agus beatha dhaoine eile a choimhead.²

¹ Eph. v. 28. Is amhluidh sin is còir do na fear-
aibh am mnai féin a ghràdhachadh mar an cuirp
féin. *Rann* 29. Oir cha d'thug duine air bith
riamh fuath d'a fheoil féin; ach altruimidh agus
eiridnidh e i.

² Salm lxxxii. 3. Deanaibh ceartas do'n bhochd
agus do'n dilleachdan. *Rann* 4. Teasairgibh am
bochd agus an t-ainnis.

Job xxix. 13. Thàinig beannachadh an ti a bha
ullamh gu bàsachadh orm.

69 C. *Ciod a tha an seathamh àithne a' toir-
measg?*

F'. Tha an seathamh àithne a' toir-
measg, ar beatha féin no beatha ar
coimhearsnaich a thoirt air falbh¹ gu h-
eucorach,² no ni sam bith a chuidicheas
gu sin a dheanamh.³

¹ Gnìomh. vi. 28. Ghlaodh Pol le guth àrd, ag
ràdh, Na dean cron sam bith ort féin.

² Gen. ix. 6. Ge b'e dhòirteas fuil duine, le
duine dòirtear 'fhuil-san.

³ Gnàth-Fhocail xxiv. 11. Ma dhearmadas tu
iadsan a thearnadh a thairngear clum bàis, agus
iadsan a tha ullamh gu bhì air am marbhadh:
Rann 12. Ma their thu, Feuch, cha robh fios
againn air so; nach toir esan a chothromaicheas
an cridhe fa'near?

70 C. *Ciod i an seachdamh àithne?*

F'. 'Si an seachdamh àithne; "Na
dean adhaltrannas."

71 C. *Ciod a tha an seachdamh àithne ag iarr-
uidh?*

F. Tha an seachdamh àithne ag iarraidh, ar gloinne féin¹ agus gloinne ar coimhearsnaich a choimhead² ann an cridhe,³ ann an cainnt,⁴ agus ann am beusaibh.⁵

¹ 1 Tes. iv. 4. Gu'm b'aithne do gach aon agaibh a shoitheach féin a shealbhachadh ann an naomhachd, agus ann an urram.

² Eph. v. 11. Agus na biodh comh-chomunn agaibh ri oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh an cronachadh. *Rann* 12. Oir is gràineil eadhon r'an innseadh na nithe a ta air an deanamh leo an uaignidheas.

³ 2 Tim. ii. 22. Teich uime sin o ana-miannaibh na h-òige; ach lean fìreantachd, croidimh, gràdh.

⁴ Col. iv. 6. Biodh bhur comhradh a ghnàth ann an gràs, air a dheanamh blasda le salann.

⁵ 1 Phead. iii. 2. 'Nuair a bheachdaicheas iad air bhur caithe-beatha gheamnuidh maille ri h-eagal.

72 C. *Ciod a tha an seachdamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an seachdamh àithne a' toirmeasg, gach uile smuain,¹ bhriathar² agus ghnìomh neo-ghlan.³

¹ Mat. v. 28. Ge b'e neach a dh'amhairceas air mnaoi chum a miannachadh, rinn e adhaltranas leatha cheana 'na chridhe.

² Eph. v. 4. No draosdachd, no comhradh amaid-each, no bao-shùgradh, nithe nach 'eil iomchuidh.

³ Eph. v. 3. Na biodh strìopachas, agus gach uile neo-ghloine, no sannt, uiread as air an ainmeachadh 'nur measg

73 C. *Ciod i an t-ochdamh àithne ?*

F. 'Si an t-ochdamh àithne, " Na dean gadachd."

74 C. *Ciod a tha an t-ochdamh àithne ag iarruidh ?*

F. Tha an t-ochdamh àithne ag iarruidh, ar saoibhreas saoghalta féin¹ agus saoibhreas saoghalta dhaoin' eile a chur iir aghaidh gu laghail.²

¹ Rom. xii. 17. Ulluichibh nithe ciatach am fianuis nan uile dhaoine.

Gnàth-Fhocail xxvii. 23. Bitheadh aithne mhaith agad air staid do chaorach; thoir an aire do d' threudaibh.

² Lebhith. xxv. 25. Ma dh' fhàs do bhràthair bochd, agus gu'n do reic e cuid d'a sheilbh, agus ma thig a h-aon air bith d'a dhillsibh g'a fhuasgladh, an sin fuasglaidh e an ni a reic a bhràthair.

Phil. ii. 4. Na seallaibh gach aon air na nithibh sin a bhuineas da féin, ach gach aon air na nithibh a bhuineas do dhaoinibh eile mar an ceudna.

75 C. *Ciod a tha an t-ochdamh àithne a' toirmeasg ?*

F. Tha an t-ochdamh àithne a' toirmeasg, gach ni a bhacas ar saoibhreas saoghalta féin,¹ no saoibhreas saoghalta ar coimhearsnaich, gu h-eucorach.²

¹ 1 Tim. v. 8. Mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraidh air son muinntir a theaghlaich, dh' àicheadh e'n creidimh agus is miosa e na anacreideach.

² Gnàth-Fhocail xxviii. 19. An ti a leanas an

déigh dhaoine dìomhain, bithidh bochdainn gu leòr aige.

Gnàth-Fhocail xxi. 6. Ionmhasan fhactainn le teangaidh bhreugaich, is dìomhanas e air a luasgadh a null agus a nall aig an dream a dh'iarras am bàs.

Iob xx. 19. A chionn gu'n d'rinn e foireigin, gu'n do thréig e na bochdan, le h-ainneart gu'n d' thug e air falbh tigh nach do thog e; *Rann* 20. Oir cha mhothaich e suaimhneas 'na chom.

76 C. *Ciod i an naothamh àithne?*

F. 'Si an naothamh àithne, “ Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.”

77 C. *Ciod a tha an naothamh àithne ag iarraidh?*

F. Tha an naothamh àithne ag iarraidh, an fhirinn a choimhead eadar duine agus duine,¹ agus ar deadh ainm féin² agus deadh ainm ar coimhearsnaich a sheasamh³ agus a chur air aghaidh; gu h-àraidh ann an tabhairt fianuis.⁴

¹ Sech. viii. 16. Labhraibh gach neach an fhìrinn r'a choimhearsnach.

² 1 Phead. iii. 16. Air dhuibh deadh choguis a bhi agaibh, chum 'nuair a tha iad a' labhairt uile 'nur n-aghaidh mar luchd mi-ghniomh, gu'n gabh iadsan nàire a tha toirt toibheim d'ur deadh chaithe-beatha ann an Crìosd.

Gnìomh. xxv. 10. An sin thubhairt Pòl, Tha mi m sheasamh aig caithir-bhreitheanais Cheasair; air na h-ludhaich cha d'rinn mi eucoir sam bith.

³ 3 Eoin 12. Tha deadh theistean air Demetrius o na h-uile, agus o'n fhìrinn féin; agus tha sinne mar an ceudna a' deanamh fianuis.

⁴ Gnàth-Fhocail xiv. 5. Cha dean an fhianuis dhìleas breug. *Rann 25.* Saoraidh fianuis fhior anama.

78 C. *Ciod a tha an naothamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an naothamh àithne a' toirmeasg, gach ni a tha cronail do'n fhìrinn,¹ no a ni eucoir air ar deadh ainm féin,² no air deadh ainm ar coimhearsnaich.³

¹ Rom. iii. 13. Labhair iad cealg le'n teangaibh.

² Job xxvii. 5. Nar leigeadh Dia gu'n saorainn sibh; gus am bàsaich mi, cha'n atharraich mi m' ionracas uam.

³ Salm xv. 3. Esan nach dean cùl-chàineadh le 'theangaidh, nach dean olc d'a charaid, agus nach tog droch sgeul air a choimhearsnach.

79 C. *Ciod i an deicheamh àithne?*

F. 'Si an deicheamh àithne, "Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich; no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhamh, no 'asal, noaon ni a's le do choimhearsnach."

80. C. *Ciod a tha an deicheamh àithne ag iarraidh?*

F. Tha an deicheamh àithne ag iarraidh oirnn bhì làn-thoilichte le ar staid féin,¹ maille ri fonn ceart agus inn-

tinn sheirceil a bhi annainn d'ar coimhearsnach, agus do gach ni a bhuineas da.²

¹ Eabh. xiii. 5. Biodh bhur caithe-beatha gun sannt, agus bithibh toilichte leis na nithibh a tha làthair agaibh.

² Rom. xii. 15. Deanaibh gairdeachas maille riusan a ta ri gairdeachas, agus caoidh maille riusan a ta ri caoidh.

1 Cor. xiii. 4. Tha'n gràdh fad-fhulangach, agus caoimhneil; cha ghabh an gràdh farmad, cha dean an gràdh ràiteachas, cha'n 'eil e air a shéideadh suas. *Rann 5.* Cha ghiulain se e féin gu mi-chiatach, cha'n iarr e na nithe sin a bhuineas da féin, cha'n e'ìl e so-bhrosnachaidh chum feirge, cha smuainich e olc sam bith; *Rann 6.* Cha dean e gairdeachas san eucoir, ach ni e gairdeachas san fhèrinn.

81 C. *Ciod a tha an deicheamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an deicheamh àithne a' toirmeasg, gach uile thalach air ar staid féin;¹ farmad no doilghios air son maith ar coimhearsnaich;² agus gach togradh agus miann ana-cneasda, chum aon ni a ta aige.³

¹ 1 Cor. x. 10. Agus na deanaibh-sa gearan, mar a rinn cuid diubhsan gearan, agus a sgriosadh iad leis an sgriosadair.

² Galat. v. 26. Na bitheamaid déidheil air glòir dhiomhain, a' brosnuchadh a chéile, a' gabhail farmaid r'a chéile.

³ Colos. iii. 5. Uime sin claidhibh bhur buill a

ta air an talamh, striopachas, neo-ghloine, fonn-collaidh, ana-mianna, agus sannt, ni a's iodhol-aoradh.

82 C. *Am bheil neach sam bith comasach air àitheanta Dhé a choimhead gu foirfe?*

F. Cha'n 'eil neach nach 'eil ach 'na dhuine mhàin, o thuiteam ar ceud sinn-seara, comasach air àitheanta Dhé a choimhead gu foirfe sa' bheatha so;¹ ach a ta iad g'am briseadh, gach là, ann an smuain,² focal,³ agus gnìomh.⁴

¹ Ecles. vii. 20. Oir cha'n 'eil duine ceart air an talamh a ni maith, agus nach peacaich.

² Gen. viii. 21. A ta smuainte cridhe an duine olc o 'dige.

³ Seum. iii. 8. Ach cha chomasach do dhuine air bith an teangadh a cheannsachadh; is olc do-chasgaidh i, làn do nimh marbhtach.

⁴ Seum. iii. 2. Oir ann am mòran nithe tha sinn uile ciontach.

83 C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamharachd?*

F. Tha cuid do pheacannaibh annta féin, agus a thaobh iomadh gnè antromachaidh, ni's uamhara na chéile a'm' fianuis Dhé.¹

¹ Eoin xix. 11. An ti a thug mise thairis dhuit, tha aige-san am peacadh a's mò.

84 C. *Ciod a tha gach aon pheacadh a' toilltinn?*

F. Tha gach aon pheacadh a' toilltinn feirge agus mallachd Dhé, araon anns

a' bheatha so, agus anns a' bheatha a ta ri teachd.¹

¹ Gal. iii. 10. Is malluichte gach uile neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgrìobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

Mat. xxv. 41. An sin their e mar an ceudna riusan air an làimh chli, Imichibh uam, a shluagh malluichte, dh'ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh' ulluicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh.

85 C. *Ciod a tha Dia ag iarraidh uainne, chum as gu feud sinn dol as o fheirg agus o mhallachd-san a thoill sinn a thaobh ar peacaidh?*

F. Chum dol as o fheirg agus o mhallachd Dhé a thoill sinn a thaobh ar peacaidh, tha Dia ag iarraidh uainne creidimh ann an Iosa Crìosd, aithreachas chum beatha,¹ maille ri gnàthachadh dichiollach a dheanamh do uile mheadhonaibh an leth muigh leis am bheil Crìosd a' compairteachadh ruinne sho-chairean na saorsa.²

¹ Gniomh. xx. 21. A' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich, mu aithreachas a thaobh Dhé, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearn Iosa Crìosd.

² Gnàth-Fhocail ii. 1. A mhic, ma ghabhas tu mo bhriathra-sa, agus ma dh' fholuicheas tu m' àitheanta maille riut. *Rann 2.* Air chor as gu'n aom thu do chluas ri gliocas, gu'n leag thu do chridhe air tuigse; *Rann 3.* Seadh, ri eòlas ma dh' éigheas tu, ri tuigse ma thogas tu suas do ghuth; *Rann 4.* Ma dh' iarras tu i mar airgid,

agus ma rannsaicheas tu air a son, mar air son ionmhasan folaichte ; *Rann 5*. An sin tuigidh tu eagal an Tighearn, agus gheibh thu eòlas Dé.

86 C. *Ciod e creidimh ann an Iosa Criosd ?*

F. Creidimh ann an Iosa Criosd, is gràs slainteil e,¹ leis am bheil sinn a' gabhail ris,² agus 'gar socrachadh féin air-san 'na aonar air son slàinte,³ mar a ta e air a thairgse dhuinn anns an t-soisgeul.⁴

¹ Eabh. x. 39. Ach cha'n 'eil sinne do'n dream sin a philleas air an ais chum sgrios ; ach do'n dream a chreideas chum tèarnaidh an anama.

² Eoin i. 12. A mheud 's a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsan a ta creidsinn 'na ainm.

³ Philip. iii. 9. Agus gu faighear annsan mi, gun m' fhìreantachd féin agam, a ta o'n lagh, ach an fhìreantachd sin a ta tre chreidimh Chriosd, an fhìreantachd a ta o Dhia tre chreidimh.

⁴ Isa. xxxiii. 22. Oir is e Iehobhah ar breith-eamh ; is e Iehobhah ar fear-reachd ; is e Iehobhah ar rìgh ; ni e ar tèarnadh.

87 C. *Ciod e aithreachas chum beatha ?*

F. Aithreachas chum beatha, is gràs slainteil e,¹ leis am bheil am peacach (o mhothachadh ceart d'a pheacadh féin,² agus o bheachd do thròcair Dhé ann an Criosd)³ le doilghios agus le fuath d'a pheacadh, a' tionndaidh uaith gu Dia,⁴

le làn-rùn agus dichìoll air umhlachd nuadh a thoirt dha.⁵

¹ Gníomh. xi. 18. Thug Dia ma seadh mar an ceudna do na cinnich aithreachas chum na beatha.

² Gníomh. ii. 37. A nis an uair a chual iad so, bha iad air am bioradh 'nan cridhe, agus thubhairt iad ri Peadar, agus ris a' chuid eile do na habstolaibh, fheara agus a bhràithre, ciod a ni sinn?

³ Iòel ii. 13. Reubaibh bhur cridhe 's ni h-ìad bhur n-eudaichean; agus pillibh ris an Tighearna bhur Dia; oir tha e tròcaireach agus iochdmhor, mall a chum feirge, agus làn do chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu'n olc.

⁴ Ierem. xxxi. 18. Pill thusa mi, agus bithidh mi air mo philleadh; oir is tu an Tighearna mo Dhia. *Rann 19.* Gu deimhin an déigh dhomh bhì air mo philleadh, ghabh mi aithreachas: agus an déigh dhomh bhì air mo theagasg, bhuaill mi air mo léis; bha nàir orm, seadh fòs geur-amhluadh, a chionn gu do ghiulan mi masladh m'òige.

⁵ Salm cxix. 59. Chnuasaich mi mo shlighean, agus phill mi mo chosa ri d' theistesaibh.

88 C. *Ciod iad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Crìosd a' compairteachadh ruinn shochair-ean na saorsa?*

F. 'Siad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Crìosd a' compairteachadh ruinn shochair-ean na saorsa, 'or-duighean féin; gu h-àraidh am focal, na sacramante, agus urnuigh; a ta uile air an deanamh èifeachdach chum slàinte do na daoineibh taghta.¹

¹ Gniomh. ii. 41. An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach. *Rann* 42. Agus bhunaich iad gu seasmhach ann an teagasg nan abstol, agus ann an comh-chomunn, agus ann an briseadh arain, agus ann an urnuighibh.

89 C. *Cionnus a tha am focal air a dheanamh èifeachdach chum slàinte?*

F. Tha Spiorad Dé a' deanamh leughaidh, ach gu li-àraidh searmonachaidh an fhocail, 'na mheadhon èifeachdach, chum peacaich a' thoirt gu mothachadh,¹ agus iompachadh, agus chum an togail suas ann an naomhachd, agus ann an comhfhurtachd,² tre chreidimh, chum slainte.³

¹ Salm xix. 7. Is iomlan lagh an Tighearna, ag iompachadh an anama; tha fianuis an Tighearna cinnteach, a' deanamh a' bhaoghalta glic.

² 1 Tesal. i. 6. Agus rinneadh sibh 'nur luchd leanmhuinn oirne, agus air an Tighearn, 'nuair a ghabh sibh ris an fhocal ann am mòr àmhghar, le h-aoibhneas an Spioraid naoimh.

³ Rom. i. 16. Oir cha nàr leam-sa soisgeul Chrìosd; oir is e cumhachd Dhé e chum slàinte do gach neach a chreideas.

90 C. *Cionnus is còir am focal a leughadh agus éisdeachd, chum 's gu'm bi e èifeachdach chum slainte?*

F. Chum 's gu'm bi am focal èifeachdach chum slainte, feumaidh sinn aire a thoirt da le dùrachd,¹ ulluchadh,² agus

urnuigh ;³ a ghabhail thugainn le creidimh⁴ agus gràdh,⁵ a thasgaidh 'nar cridh-eachaibh,⁶ agus a chur an gnìomh 'nar caithe-beatha.⁷

¹ Gnàth-Fhocail viii. 34. Is beannaichte an duine a dh' éisdeas rium, a' dcanamh faire aig mo gheataibh gach là, a' feitheamh aig ursainnibh mo dhorsa.

² 1 Phead. ii. 1. Uime sin a' cur uaibh gach uile mhi-ruin, agus gach uile mhealltaireachd, agus chealg, agus fharmada, agus gach uile ana-cainnt. *Rann* 2. Mar naoidheana air an ùr-bhreith iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum as gu fàs sibh leis.

³ Salm cxix. 18. Fosgail mo shùilean, chum gu faic mi nithe iongantach o d' lagh.

⁴ Eabh. iv. 2. Cha robh tairbhe dhoibh anns an fhocal a chaidh shearmonachadh, do bhrìgh nach robh e air a mheasgadh le creidimh anns an dream a chual e.

⁵ 2 Tesal. ii. 10. A chionn nach do ghabh iad gràdh na firinn, chum gu tèaruinteachd iad.

⁶ Salm cxix. 11. A'm' chridhe dh' fholuich mi t'fhocal, chum nach peacaichinn a't' aghaidh.

⁷ Seum. i. 25. Ach ge b'e bheachdaicheas gu dùrachdach air lagh dìongmhalta na saorsa, agus a bhuaicheas ann, gun e bhi 'na fhear-éisdeachd dearmadach, ach 'na fhear-deanamh na h-oibre, bithidh an duine so beannaichte 'na dheanadas.

91 C. *Cionnus a tha na sacramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh èifeachdach chum slainte ?*

F. Tha na sacramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh èifeachdach chum

slainte, cha'n ann o bhrìgh sam bith annta féin, no san ti a fhritheileas iad,¹ ach tre bheannachadh Chrìosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid annta-san, a ghabhas iad le creidimh.²

¹ 1 Cor. iii. 7. Uime sin ma seadh, cha'n 'eil anns an ti a shuidhicheas no anns an ti a dh uisgicheas, brìgh sam bith; ach ann an Dia a ta toirt an fhàis.

² 1 Phead. iii. 21. Tha'm baisteadh, mar shamhlachas a tha comh-fhreagadh dha so, (cha'n e cur dhinn sal na feòla, ach freagradh deadh choguis thaobh Dhé,) nis 'gar tèarnadh-ne, tre aiseirigh Iosa Chrìosd.

92 C. *Cìod e sacramaint?*

F. Is e sacramaint ordugh naomh le Chrìosd, anns am bheil Chrìosd agus sochairean a' chumhnaint nuaidh air an taisbeanadh,¹ air an seulachadh, agus air an cur ris na creidmhidh le comh-araibh so-fhaicsinneach.²

¹ Gen. xvii. 10. So mo choimhcheangal a choimheadas sibh eadar mise agus sibhse, agus do shliochd a'd' dhéigh; Gu'n timchioll-ghearrar gach leanabh mic 'nur measg.

² Rom. iv. 11. Agus fhuair e comhar an timchioll-ghearraidh, seula fireantachd a' chreidimh a bha aige san neo-thimchioll-ghearradh.

93 C. *Cìod iad sacramainte an Tiomnaidh Nuaidh?*

F. 'Siad sacramainte an Tiomnaidh

Nuaidh, am Baisteadh¹ agus Suipeir an Tighearn.²

¹ Marc. xvi. 16. Ge b'e chreideas agus a bhaistear, saorar e.

² 1 Cor. xi. 23. Oir fhuair mise o'n Tighearn an ni mar an ceudna a thug mi dhuibhse, gu'n do ghlac an Tighearn Iosa aran anns an oidhche an do bhrathadh e.

94 C. *Ciod e Baisteadh?*

F. Is e Baisteadh Sacramaint, anns am bheil ionnlad le uisge, ann an ainm an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh,¹ a' ciallachadh agus a' seulachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an Criosd, agus 'nar luchd-compairt do shochairibh cùmhnainte nan gràs,² agus a' daingneachadh fòs ar bòid gur leis an Tighearn sinn.³

¹ Mat. xxviii. 19. Uime sin ìmichibh-sa, agus deanaibh deisciobuil do gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh.

² Rom. vi. 3. Nach 'eil fhios agaibh, a mheud againn is a bhaisteadh ann an Iosa Criosd, gu'n do bhaisteadh chum a bhàis sinn.

³ Rom. vi. 4. Air an aobhar sin dh' adhlaiceadh sinn maraon ris tre'n bhaisteadh chum bàis: ionnus mar a thogadh Criosd suas o na marbhaibh le glòir an Athar, mar sin gu gluaiseamaid-ne mar an ceudna ann an nuadhachd beatha.

95 C. *Co d'an còir am baisteadh a fhrithealadh?*



F. Cha chòir am baisteadh a fhrith-ealadh do dhream sam bith a ta an taobh a muigh do'n eaglais fhaicsinnich, agus an aidich iad an creidimh ann an Crìosd, agus an ùmhlachd dha;¹ ach is còir naoidheana na muinntir a tha 'nam buill do'n eaglais fhaicsinnich a bhaisteadh.²

¹ Gnìomh. ii. 41. An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach.

² Gen. xvii. 7. Agus daingnichidh mi mo choimhcheangal eadar mise agus thusa, agus do shliochd a' d' dhéigh 'nan ginealachaibh, mar choimhcheangal sìorruidh, gu bhì'm Dhia dhuitse, agus do d' shliochd a' d' dhéigh. *Rann* 10. So mo choimhcheangal a choimhdeas sibh eadar mise agus sibhse, agus do shliochd a' d' dhéigh; Gu'n timchioll-ghèarrar gach leanabh mic 'nur measg.

Gnìomh. ii. 38. An sin thubhairt Peadar riu, Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd, chum maitheanas peacaidh, agus gheibh sibh tìodhlac an Spioraid Naoimh. *Rann* 39. Oir a ta 'n gealladh dhuibhse agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a ta fad o làimh, eadhon a mheud as a ghairmeas an Tighearn ar Dia.

96 C. *Cìod i Suipeir an Tighearn?*

F. Suipeir an Tighearna is sacramaint i, anns am bheil bàs Chrìosd air fhoillseachadh¹ le aran agus fion a thubhairt agus a ghabhail a réir 'orduigh

féin, agus iadsan a ghabhas so gu h-
iomchuidh, tha iad, (cha'n ann air
mhodh chorpora agus fheolmhor, ach
tre chreidimh) air an deanamh 'nan
luchd-compairt d'a chorp agus d'a fhuil-
san, le 'uile shochairibh, chum am
beathachaidh spioradail, agus am fàs
ann an gràs.²

¹ Luc. xxii. 19. Agus ghlac e aran, agus an
déigh buidheachas a thabhairt, bhris e, agus thug
e dhoibhsan e, ag ràdh, 'Se so mo chorp-sa a ta
air a thoirt air bhur sonsa: deanaibh so mar
chuimhneachan ormsa. *Rann* 20. Agus mar an
ceudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is
e 'n cupan so an tiomnadh nuadh ann am fhuil-
sa, a dhòirteadh air bhur sonsa.

² 1 Cor. x. 16. Cupan a' bheannachaidh, a ta
sinne a' beannachadh, nach e comunn fola Chrìosd
e? A t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn
cuirp Chrìosd e?

97 C. *Cìod a tha feumail a chum Suipeir an
Tighearn a ghabhail gu h-iomchuidh?*

F. Is feumail doibh-san le am b'àill
suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-
iomchuidh, iad féin a cheasnachadh a
thaobh an eòlais chum corp an Tighearn
aithneachadh;¹ a thaobh an creidimh
chum beathachadh air-san;² a thaobh an
aithreachais,³ an gràidh,⁴ agus an nuadh-
ùmhlachd;⁵ air eagal air teachd dhoibh

gu neo-iomchuidh, gu'n ith agus gu'n òl iad breitheanas dhoibh féin.⁶

¹ 1 Cor. xi. 28. Ach ceasnuicheadh duine e féin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so. *Rann* 29. Oir ge b'e dh'itheas agus a dh'òlas gu neo-iomchuidh, tha e 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha féin, do bhrìgh nach 'eil e deanamh aithne air corp an Tighearna.

² 2 Cor. xiii. 32. Ceasnuichibh sibh féin, am bheil sibh sa' chreidimh.

³ 1 Cor. xi. 31. Oir nan tugamaid breth oirnn féin, cha tugtadh breth oirnn.

⁴ 1 Cor. xi. 18. Oir air tùs, air cruinneachadh dhuibh an ceann a chéile san eaglais, tha mi cluinntinn gu bheil roinnean 'nur measg. *Rann* 20. Uime sin an uair a thig sibh an ceann a chéile do aon àit, cha'n e sin suipeir an Tighearna itheadh.

⁵ 1 Cor. v. 8. Uime sin cumamaid an fhéill, na b'ann le sean thaois ghoirt, no le taois ghoirt a' mhi-ruin agus an uilc; ach le aran neo-ghoirtichte an treibhdhireis agus na firinn.

⁶ 1 Cor. xi. 27. Uime sin ge b'e neach a dh'itheas an t-aran so, agus a dh'òlas an cupan so an Tighearna gu neo-iomchuidh, bithidh e ciontach do chorp agus do fhuil an Tighearna.

98 C. *Ciod e Urnuigh?*

F. Is e urnuigh, bhi 'cur suas ar n-athchuinge ri Dia,¹ ag iarruidh nithe a réir a thoile² ann an ainm Chrìosd,³ ag aideachadh ar peacanna,⁴ agus a' toirt buidheachais dha air son a thròcairean.⁵

¹ Salm lxii. 8. Cuiribh air gach àm bhur dòigh

ann, O a shluagh; dòirtibh a mach bhur cridhe 'na fhianuis; tha Dia 'na thèarmunn duinn.

² Rom. viii. 27. Agus is aithne dhasan a ta rannsachadh nan cridheachan ciod i inntinn an Spioraid, do bhrìgh gu bheil e a' deanamh eadar-ghuidhe air son nan naomh a réir toil Dé.

³ Eoin xvi. 23. Ge b'e nithe dh'iarras sibh air an Athair ann am ainm-sa, bheir e dhuibh iad.

⁴ Dan. ix. 4. Agus rinn mi urnuigh ris an Tighearna mo Dhia, agus rinn mi m'aidmheil.

⁵ Philip. iv. 6. Na biodh ro-chùram ni sam bith oirbh; ach san uile ni le h-urnuigh agus asluchadh maille ri breith-buidheachais, biodh bhur n-iarrtuis air an deanamh aithnichte do Dhia.

99 C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn gu ar seòladh ann an urnuigh a dheanamh?*

F. Tha focal Dé uile feumail gu ar seòladh ann an urnuigh a dheanamh;¹ ach 'si an riaghailt àraidh gu ar seòladh, an urnuigh sin a theagaisg Criosd d'a dheisciobluibh, d'an goirear gu coit-chionn, "Urnuigh an Tighearna."²

¹ I Eoin v. 14. Agus is e so an dòchas a ta againn annsan, ma dh'iarras sinn ni sam bith a réir a thoile gu'n éisd e ruinn.

² Mata vi. 9. Air an aobhar sin dcanaibh-sa urnuigh air a' mhodh so: Ar n-Athair a ta air nèamh, gu naomhaichear t' ainm.

100 C. *Ciod a tha roimh-ràdh urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha roimh-ràdh urnuigh an Tighearna, (eadhon, "Ar n-Athair a ta

air Nèamh”) a’ teagasg dhuinn teachd am fagus do Dhia leis gach uile urram agus mhuinghin,¹ mar chloinn chum an Athar,² a tha comasach agus deònach air ar cuideachadh;³ agus gur còir dhuinn urnuigh a dheanamh maille ri daoineibh eile, agus air an son.⁴

¹ Isa. lxiv. 9. Na biodh corruich ort, O Iehobhah, gus a’ chuid is faide; agus na cuimhnich gu sìorruidh aingidheachd. Feuch, amhairc oirnn, guidheamaid ort, is sinne uile do shluagh.

² Luc. xi. 13. Air an aobhar sin ma’s aithne dhuibhse a ta olc, tiodhlacan maithe a thoirt d’ur cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bhur n-Athair nèamhaidh an Spiorad naomh dhoibhsan a dh’iarras e?

³ Rom. viii. 15. Oir cha d’fhuair sibh spiorad na daorsa a rìs chum eagail; ach fhuair sibh Spiorad na h-uchd-mhacachd, tre’n glaodh sinn, Abba, Athair.

⁴ Eph. vi. 18. A’ deanamh urnuigh a ghnàth leis gach uile gnè urnuigh agus asluchaidh san Spiorad, agus a’ deanamh faire maille ris gach uile bhuanachadh, agus guidheadh air son nan naomh uile.

101 C. *Ciod a tha sinn a’ guidheadh sa’ cheud iarrtus?*

F. Sa’ cheud iarrtus (eadhon, “Gu naomhaicheart’ainm”) tha sinn a’ guidheadh gu ma toil le Dia sinne agus muinntir eile a dheanamh comasach air

e féin a ghlòrachadh, anns gach aon ni leis am bheil e g'a fhoillseachadh féin,¹ agus gu'n orduicheadh e na h-uile nithe chum a ghlòire féin.²

¹ Salm lxvii. 1. Gu deanadh Dia tròcair oirnn, agus gu beannaicheadh e sinn! agus gu tugadh e air a ghnùis dealrachadh oirnn! *Rann* 2. Chum gu'n aithnichear do shlighe air an talamh, do shlàinte am measg nan uile chinneach. *Rann* 3. Moladh na slòigh thu, a Dhé! moladh na slòigh uile thu!

² Rom. xi. 36. Oir is ann uaithe-san agus trìd-san, agus air a shonsan a ta na h-uile nithe; dhasan gu robh glòir gu sìorruidh. Amen.

102 C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh san dara iarrtus?*

F. San dara iarrtus, (eadhon, “Gu tigeadh do Rìoghachd”) tha sinn a' guidheadh gu'm biodh rìoghachd Shatàin air a sgrios,¹ agus rìoghachd nan gràs air a meudachadh;² gu biodh sinn féin agus muinntir eile air ar toirt d'a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innte;³ agus gu biodh rìoghachd na glòire air a luathachadh.⁴

¹ Salm lxviii. 1. Eireadh Dia! biodh a naimh-dean air an sgapadh! agus teicheadh iadsan aig am bheil fuath dha, o'ghnùis!

² Salm li. 18. Dean maith, a' d' dheadh-ghean, do Shion, tog suas ballacha Ierusalem.

³ 2 Tesal. iii. 1. Fa dheoidh, a bhràithre, dean-

aibh urnuigh air ar son-ne, chum gu'n ruith focal an Tighearna, agus gu'm bi e air a ghlòrachadh mar ann bhur measg-sa.

Rom. x. 1. A BHRAITHRE, is e dùrachd mo chridhe, agus m' urnuigh ri Dia air son Israeil, gu'm biodh iad air an tèarnadh.

⁴ Taisb. xxii. 20. A ta an ti a tha toirt fianuis air na nithibh so-ag ràdh, Gu deimhin a ta mi a' teachd an aithghearr. Amen. Seadh; thig a Thighearn Iosa.

103 C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh san treas iarrtus?*

F. San treas iarrtus (eadhon, "Gu deanar do thoil air thalamh mar a nith-ear air nèamh") tha sinn a' guidheadh gu deanadh Dia sinn comasach agus deònach le a ghràs, chum eòlas a ghabhail air a thoil,¹ agus a bhi umhal agus strìochdadh dhi anns gach aon ni,² mar a ta na h-aingil air nèamh.³

¹ Salm xix. 34. Thoir tuigse dhomh, agus gleidhidh mi do lagh; seadh, coimhididh mi e le m' uile chridhe. *Rann 35.* Thoir orm triall an ceum t' àitheanta; oir ann-san tha mo thlachd. *Rann 36.* Lùb mo chridhe gu d' theisteaibh.

² Gnìomh. xxi. 14. Agus an uair nach gabhadh e comhairle, sguir sinne, ag ràdh, Deanar toil an Tighearna.

³ Salm ciii. 20. Beannaichibh an Tighearna, sibhse 'aingle, treun an neart, a' deanamh 'iarrtuis, ag éisdeachd ri fuaim 'fhocail. *Rann 22.* Beannaichibh an Tighearna, 'oibre uile, anns gach àit

d'a thighearnas: beannaich an Tighearn, O m' anam!

104 C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh sa' cheathramh iarrtus?*

F. Sa' cheathramh iarrtus (eadhon, "Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail,") tha sinn a' guidheadh gu faigheamaid do shaor-thoirbheartas Dhé, cuibhrionn chuimseach do nith-ibh maithe na beatha so,¹ agus gu mealamaid a bheannachd-san leo.²

¹ Gnàth-Fhocail xxx. 8. Diòmhanas agus breugan cuir fad uam; na toir dhomh bochdainn no beartas, beathaich mi le biadh a bhios iomchuidh air mo shon.

² Salm xc. 17. Agus biodh maise an Tighearn ar Dé oirnn; agus daingnich thusa obair ar làmh dhuinn, seadh, daingnich obair ar làmh.

105 C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh sa' chùigeamh iarrtus?*

F. Sa' chùigeamh iarrtus (eadhon, "Agus maith dhuinn ar fiachan mar a mhaithreamaid d'ar luchd-fiach") tha sinn a' guidheadh gu maitheadh Dia dhuinn gu saor air sgàth Chrìosd,¹ ar n-uile pheacanna; agus is mò ar misneach gu so iarruidh, gu bheil sinn air ar neartachadh le a ghràs-sa gu maith-eanas a thoirt o ar cridhe do dhaoinibh eile.²

¹ Salm. li. 1. Dean tròcair orm, a Dhé, a réir do chaoimhneis gràidh, a réir lionmhoireachd do chaomh thròcairean, dubh as m'euasantas.

² Mat. vi. 14. Oir ma mbaitheas sibh an cionta do dhaoinibh, maithidh bhur n-Athair nèamhaidh dhuibhse mar an ceudna.

106 C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh san t-seathamh iarrtus?*

F. San t-seathamh iarrtus, (eadhon, “ Agus na leig sinn am buaireadh ach saor sinn o olc”) tha sinn a' guidheadh aon chuid, gu'n gleidheadh Dia sinn o bhi air ar buaireadh chum peacaidh,¹ no gu'n cumadh e suas agus gu'n saoradh e sinn, an uair a bhuairear sinn.²

¹ Mata xxvi. 41. Deanaibh faire agus urnuigh, chum as nach tuit sibh am buaireadh.

Salm xix. 13. Mar an ceudna o pheacaibh dàn-adais cum air ais t'òglach, na biodh àrd-cheanas aca orm.

² Salm li. 10. Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé; agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhìom. *Rann* 12. Aisig dhomh gàird-eachas do shlàinte, agus le d' Spiorad saor cum suas mi.

107 C. *Ciod a tha co-dhùnadh urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha co-dhùnadh urnuigh an Tighearna (eadhon “ Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghldir, gu sìorruidh, Amen”) a' teagasg

dhuinn, ar misneach ann an urnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin;¹ agus ann an n-urnuigh esan a mholadh, le rioghachd, cumhachd, agus glòir a thabhairt da.² Agus mar theisteachas air ar dùrachd, agus ar dòchas éisdeachd fhaghail, tha sinn ag ràdh, “ Amen.”³

¹ Dan. ix. 18. Cha'n 'eil sinn a' taisbeanadh ar n-athchuingean a' d' làthair air son ar n-ionracais, ach air son do mhòr-thròcair féin. *Rann* 19. O Thighearna, éisd, O Thighearna, maith, O Thighearna, cluinn, agus dean; na dean moille, air do shon féin, O mo Dhia.

² Eachdraidh xxix. 11. Is leatsa, O Thighearn, a' mhòrachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, agus a' bhuaidh, agus a' mhòralachd; oir is leat na h-uile a ta air nèamh agus air talamh. *Rann* 13. A nis uime sin, ar Dia-ne, tha sinn a' toirt buidheachais duit, agus a' cliùthachadh t'ainm urramaich.

³ Taisbean xxii. 20. Amen. Seadh, thig a Thighearn IOSA.

SUIM

AN

EOLAIS SHLAINTEIL

I.

*Air staid chaille thaobh nàduir, tre bhriseadh
Cùmhnant nan gnìomh.*

O Israel, sgrios thu thu féin.—*Hos.* xiii. 9.

I.—Dh' orduich an Dia siorruidh agus uile-chumhachdach, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, trì Pearsa eadar-dhealuichte anns an aon Diadhachd gu neo-scarthail, comh-ionnan anns gach uile fhoirfeachd, neo-chrìochnach, gu ro ghlic chum a ghlòire féin, roimh chruthachadh an t-saoghail, gach ni a thig gu crìch; agus ta e a' cur uil' orduighean an gnìomh gu ro-naomh agus neo-mhearachdach, as eagamhuis bhi 'na fhear-compairt do pheacadh creutair sam bith.

II.—Rinn an Dia so na h-uile nithe do neo-ni, an ùine shè làithean, agus iad uile ro mhaith ann an gnè: Gu sonraichte rinn e na h-aingil uile naomha; agus rinn e ar ceud sinnseara Adhamh agus Eubha, freumh a' chinne-daoine, araon ionraic

agus comasach air an lagh a bha sgriobhta 'nan cridheachaibh a choimhead. Bha iad a thaobh nàduir ceangailte air umhlachd thoirt do'n lagh so fo pheanais bàis; ach cha robh Dia ccangailte air duais thoirt do'n seirbhis, gus an dcachaidh e ann an cumhnant no ann an coimhcheangal riu, agus ri'n sliochd annta-san, chum beatha shiorruidh a thabhairt doibh air chumhnant ùmhlachd iomlan phearsanta; agus le so uile a' bagradh bàis orra nam b'e is gu'm briseadh iad e. 'Se so cùmhnant nan gnìomh.

III.—Bha daoine agus aingle araon caochlach o'n saor-thoil féin, mar a dhearbh a' chùis, (air do Dhia a' bhuidh nèimh-phàirteach so, a ta thaobh nàduir neo-chaochlach, a ghleidheadh ris fein,) oir thuit mòran do na h-ainglibh o'n ceud staid le'n toil féin ann am peacadh, agus dh'fhàs iad 'nan diabhluibh.

Air bhith d'ar ceud sinnseara air am mealladh le Satan, aon do na diabhluibh sin, a labhair ann an naitlir nimhe, bhris iad cùmhnant nan gnìomh, le'n itheadh do'n mheas thoirmisgte; leis an d'thàinig iad féin, agus an sliochd, air bhith dhoibh 'nan leasraibh mar gheugaibh anns an fhreumh, agus mar sin ceangailte anns a' chùmhnant cheudna maille riu, cha'n e a mhàin an luidhe ri bàs siorruidh, ach mar an ceudna chaill iad gach uile chomas air Dia a thoileachadh; seadh, dh'fhàs iad thaobh nàduir 'nan naimhdibh do Dhia, agus do na h-uile mhaith spioradail, agus ag aomadh a mhàin chum uile an còmhnuidh. 'Se so am peacadh gin, an fhreumh shearbh o bheil gach uile pheacadh gnìomh ann am smuain, am briathar, agus an gnìomh a' teachd.

II:

*Am leigheas a ta air ulluchadh do na daoineibh taghta
ann an Iosa Criosd le Cùmhnant nan gràs.*

O Israel, sgrios thu thu féin, ach annamsa tha do
chabhair.—*Hos. xiii. 9.*

I.—GED thug an duine e féin chum na staid chailte so, agus ged nach 'eil e comasach air e féin a chomhnadh, no toileach gu'n deanadh Dia còmhnadh ris as an staid so, ach gu'm b'fhearr leis fuireach innte gun mhothuchadh oirre gus am biodh e cailte; gidheadh dh' fhoillsich Dia 'na fhocal, chum glòir a ghràsa saoibhir féin, slighe chum peacaich a thearnadh, eadhon le creidimh ann an Iosa Criosd, Mac siorruidh Dhé, a réir cùmhnant na saorsa, air a dheanamh agus air a reit-eachadh eadar Dia an t-Athair, agus Dia am Mac, an comhairle na Trionaid, roimh thoiseach an t-saoghail.

II.—'Se so suim cùmhnant na saorsa; Air taghadh do Dhia gu saor chum beatha, àireamh àraidh do'n chinne-daoine chailte, chum glòir a ghràsa saoibhir, thug e iad roimh thoiseach an t-saoghail do Dhia am Mac, a bha air orduchadh 'na fhear-saoruidh, air chumhnant is gu'n irioslaicheadh se e féin co-mhòr, as gu'n gabhadh e d'a ionnsuidh féin an nàduir daoineil, corp agus anam ann an aonachd phearsanta ri a nàdur Diadhuidh, agus gu'n ùmblaicheadh se e féin do'n lagh mar urras

air an son, agus gu'n dìoladh e ceartas as an leth, le ùmhlachd thoirt seachad 'nan ainm, eadhon gu fulang bàs malluichte a' chrann-cheusaidh, gu'n saoradh agus gu'm fuasgladh e iad o gach uile pheacadh agus bàs, agus gu'n coisneadh e dhoibh fireantachd agus beatha mhaireannach, maille ris gach uile ghràs slàinteil a ta treòrachadh d'a ionnsuidh sin, chum, le meadhonaibh d'a orduchadh féin, a bhi gu h-eifeachdach air an cur ris gach aon diubh ann an àm iomchuidh. An cumhnant so ghabh Mac Dhé (neach is e Iosa Criosd ar Tighearna) os laimh roimh thoiseach an t-saoghail, agus ann an iomlaineachd na h-aimsir, thàinig e chum an t-saoghail, agus bha e air a bhreith leis an òighe Muire, dh' ùmhlaich se e féin do'n lagh, agus dh' òc e an eiric gu h-iomlan air a' chrann-cheusaidh : Ach do bhrìgh a' chùmh-nant so bha air a dheanamh roimh thoiseach an t-saoghail, tha Criosd anns na h-uile linn o thuiteam Adhamh, ag cur nan sochaire a chosnadh leis, gu h-éifeachdach ris na daoineibh taghta, agus a ta e deanamh so ann an gabhail riu air cùmhnant do shaor ghràs agus réite maille riu, tre chreidimh ann féin ; agus leis a' chùmh-nant so, tha e deanamh thairis do gach creidmheach, còir air féin agus air uile shochairibh.

III.—Chum cùmhnant na saorsa so a choimh-lionadh, agus chum na daoine taghta a dheanamh 'nan luchd-compairt do chùmh-nant nan gràs, bha Iosa Criosd air a sgeudachadh leis na trì dreuchdaibh so, Fàidh, Sagairt agus Rìgh. Air a dheanamh 'na Fhàidh chum gach eòlas slàinteil fhoills-eachadh d'a phobull, agus chum impidh chur orra creidsinn agus ùmhlachadh do'n eòlas so ; air a

dheanamh 'na Shagart, chum e féin a thoirt suas 'na iobairt aon uair air an son uile, agus chum gnàth eadar-ghuidhe a dheanamh ris an Athair, chum's gu'm biodh am pearsa agus an seirbhis air an deanamh taitneach dha: agus air a dheanamh 'na Rìgh chum an ceànnsachadh dha féin, chum am beathachadh agus an riaghladh le orduigh-ean féin, agus chum an dìon o'n uile naimhdibh.

III.

Na meadhona o'n leth muigh chum na daoine taghta a dheanamh 'nan luchd comhpairt do'n chumhnant so, agus a chuid eile a ta air an gairm hi gun leisgeul.

Tha mòran air an gairm.—*Mata xxii. 14.*

I.—NA meadhona o'n leth muigh chum daoine a dheanamh 'nan luchd comh-pairt do chumhnanta nan gràs, a ta iad co ghlic air am frithealadh, as gu'm bi na daoine taghta gu cinnteach air an iompachadh. agus air an tearnadh leo; agus sin air chor is nach faigh na daoine eu-dearbhta am measg a bheil iad fìor-aobhar tuislidh. Is iad na meadhona gu sonraichte a' cheithir so; 1. Focal Dé. 2. Na sàcramainte. 3. Riaghailte eaglais. 4. Urnuigh. Ann am Focal Dé air a shearmonachadh le teachdairibh tha air an orduchadh chum sin, ta an Tighearna tabhairt tairgs-gràis do na h-uile pheacaich, air chumhnant gu'n

creid iad ann an Iosa Crìosd ; agus ge be dh'aidich-eas am peacadh, agus a ghabhas ri Crìosd air a thairgse, agus dli' a ùmhluicheas iad féin d'a ord-uighibh-sa, 's àill leis gu 'm bi iad féin agus an clann air an gabhail a steach chum urram agus sochaire cumhnant nan gràs. Leis na sàcramaintibh is àill le Dia gu'm bi an cùmhnant air a shèulachadh agus air a dhaingneachadh dhoibh air na cumhnantaibh roimh-ainmichte. Le Riaghladh eaglais, is àill leis gu'm bi iad air an iadhadh a steach, agus air an cuideachadh a chum an cùmhnant a choimhead. Agus le h-urnuigh, is àill leis gu'm bi a ghràsa glòrmhor féin ta air an gealltuinn anns a' chumhnant air an tarruing a mach gu làthail, air an aideachadh, agus air an cur an gnìomh. A ta na meadhona so uile air an gnàthachadh gu treibhdhireach, no air sgàth sgèimh a mhàin, a réir gnè an luchd-coimhcheangail mar is creidmich da rìreadh iad, no a thaobh coslais a mhàin.

II.—Cumhnant nan gràs, a ta air a chur sìos anns an t-sean-tiomnadh, roimh theachd Chrìosd, agus anns an tiomnadh-nuadh o thàinig e, is ionn-an da ann am brìgh, ged tha atharrachadh frithealaidh air o'n leth muigh : Oir bha an cumhnant fo an t-sean-tiomnadh air a shèulachadh le sàcramaintibh an timchioll-ghearraidh agus an Uainchàisge, a' comharrachadh a mach bàis Chrìosd chum teachd, agus na sochaire bha air an cosnadh leis, fo sgàile iobairte fola, agus ioma deas-ghnatha eile ; ach o thàinig Crìosd tha an cumhnant air a sheulachadh le sàcramaintibh a' bhaistidh agus suipeir an Tighearna, a ta comharrachadh a mach gu soilleir, Crìosd air a cheusadh am fianuis ar

sùl, air toirt buaidh air a' bhàs agus air an uaigh; agus a' riaghladh gu glòrmhor gach ni air nèamh agus talamh, chum maith a phobuill.

 IV.

Na beannachdan a ta air an comh-pairteachadh gu h-éifeachdach leis na meadhonaibh sin ri muinntir thaghta an Tighearna.

Tha mòran air an gairm, ach beagan air an tagha.

Mata xxii. 14.

MAR a ta ar Tighearna leis na meadhonaibh so o'n leth muigh, a' fàgail nan daoine eu-dearbhta gun leisgeul, mar sin tha e ann an cumhachd a Spioraid a' cur ris na daoinibh taghta gu h-éifeachdach gach uile-ghràsa slàinteil a chosnadh dhoibh ann an cùmhnant na saorsa, agus a' deanamh caochladh air am pearsa. Gu sonraichte, 1. Tha e g'an iompachadh no g'an ath-ghineamhuinn, le beatha spioradail thabhairt doibh, a' fosgladh an tuigse, ag ath-nuadhachadh an toile, an aigne, agus uile chumhachdan an anama chum ùmhlachd spioradail thoirt d'a àitheantaibh. 2. Tha e tabhairt doibh creidimh slainteil, leis am bheil iad fo mhothachadh an damnaidh a thoill iad, ag aontachadh o'n cridhe le cumhnant nan gràs, agus a' gabhail ri h-Iosa Criosd gu treibhdhireach. 3. Tha e tabhairt dhoibh aithreachas, ionnus gu bheil iad o dhoilghios diadhuidh, le fuath peacaidh, agus gràdh do fhìreantachd, ag

iompachadh o gach uile aingidheachd chum seirbhis Dé. Agus, 4. Tha e g'an naomhachadh, le toirt orra dol air an aghaidh agus buanachadh ann an creidimh, agus ann an umhlachd spioradail do lagh Dhé, 'ga fhoillseachadh le'n toradh anns na h-uile dhleasdanas, agus deadh oibre a réir mar chuireas Dia cion-fàth 'nan làimh.

II.—Maille ris a' chaochladh so o'n leth a stigh air am pearsaibh, tha Dia mar an ceudna a' deanamh caochladh air an staid: oir co-luath 's a ta iad air an tabhairt le creidimh fo chùmhnannt nan gràs, 1. Tha e g'am fireanachadh, leis an umhlachd iomlan sin thug Criosd do'n lagh, agus mar an ceudna an dioladh thug e do cheartas air a chranncheusaidh 'nan ainm, a mheas doibh mar fhireantachd. 2. Tha e g'an deanamh réidh ris, agus 'nan cairdibh do Dhia bha roimhe so 'nan naimhdibh dha. 3. Tha e g'an uchmhacachd, chum's nach bi iad tuille 'nan cloinn aig Dia, air an deanamh saoi bhir le uile shochairibh spioradail a chloinne. Agus fadheoidh, taireis do'n cogadh anns a' bheatha so bhi air a chriochnachadh, tha e g'an deanamh foirfe ann an naomhachd agus am beannachadh air tùs 'nan anamaibh aig àm bàis, agus a rìs 'nan anamaibh agus 'nan cuirp faraon, 'nuair dhlùthaicheas e r'a chéile iad le h-aoibhneas anns an aiseirigh anns an là san tig e gu glòrmhor chum breitheanais, 'nuair bhitheas na h-aingidh gu léir air an cur air falbh chum ifrinn, maille ris an Diabhul do'n d'thug iad seirbhis: Ach a' mhuinntir sin a thagh Criosd, an dream a shaor e, na fìor-chreidmich, luchd-leanmhuinn na naomhachd, bithidh iad maille ris féin ann an staid na glòire.

Am feum is coir a dheanamh do'n eolas shlainteil

Mar a ta e air a chur sìos anns na Sgriobtuiribh agus gu h-aithghearr mar a dh' ainmicheadh ann an Leabhar aidmheil a' chreidimh, agus nan ceistean.

'SE feum àraidh an teagaisg chriosdaidh, mothachadh a thoirt duinne mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus breitheanas, (Eoin xvi.8.) ann an cuid, leis an lagh, no coimhcheangal nan gnìomh, chum 's gu biodh e 'na aithreachan iriosal, agus ann an cuid leis an t-soisgeul, no coimhcheangal nan gràs, chum 's gu biodh e 'na chreidmheach neo-chealgach ann an Iosa Crìosd, agus gu'm biodh e air a neartachadh 'na chreidimh le deadh-bharantas, air bunachar daingean, agus le dearbhadh a thoirt air fìrinn a chreidimh, le deadh thoradh, agus mar sin a bhi air a thèarnadh.

'Se so suim coimhcheangail nan gnìomh, "Ma ni thu gach ni tha air àithne, agus nach failnich thu ann an aon phunc, bithidh tu air do thèarnadh: ach ma dh' fhàilnicheas tu, gheibh thu bàs," (Rom. x. 5.; Gal. iii. 10, 12.)

'Se suim an t-soisgeil, no coimhcheangal nan gràs agus na rèite, "Ma theicheas tu o'n fheirg a thoill thu dh' ionnsuidh an Fhir-shaoraidh fhìor Iosa Crìosd," (a ta comasach air tèarnadh gus a' chuid a's faide, gach neach a thig a dh' ionnsuidh Dhé tridsan,) cha bhi thu air do chall, ach bithidh a' bheatha mhaireannach agad, (Rom. x. 8, 9. 11.)

